

Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram- chloinne?

An Gearran 2016

Clàr-innse

Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?	2
Na Slatan-tomhais Deagh-ghnè	5
Ceannardas agus Stiùireadh	11
Solar Ionnsachaidh	26
Soirbheasan agus Coileanaidhean	44
Pàipear-taic 1: An sgèile sia-phuing	53
Pàipear-taic 2: Beag-fhaclair de dh'abairtean	55
Fiosrachadh-brath agus stòrasan cuideachail	59

Thoiribh an aire gu bheil am briathrachas a leanas air a chleachdadh air feadh an fhrèam-obrach seo:

- **Suidheachadh** – abairt singilte a tha a' gabhail a-steach gach buidheann stèidhichte agus nam measg tha seirbheis frithealadh chloinne a bhios a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chlann bho aois 0 – gus an tòisich iad sa bhun-sgoil.
- **Pàrantan agus Luchd-cùraim** – a' gabhail a-steach gach inbheach fa leth aig a bheil uallach laghail do phàiste aois 0-5 bliadhna.
- **Luchd-cleachdaidh** – abairt singilte a tha a' ciallachadh luchd-obrach agus inbhich uile a tha ag obair le clann fo aois 5 bliadhna gus an tòisich iad san sgoil, a' gabhail a-steach luchd-frithealaidh chloinne, tidsearan, manaidsearan, luchd-stiùiridh, luchd-taic agus luchd-cùraim taobh a-muigh na sgoile.

Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?

Co-theacs

Tha fèin-luachadh airson fèin-leasachadh air a bhith na phàirt de leasachadh na roinne tràth-bhliadhnaichean de fhoghlam airson na cloinne as òige ann an Alba thar mòran bhliadhnaichean. Mar bhuill den roinn tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, tha sinn air ar frèaman-obrach fèin-luachaidh roimhe a chleachdadh mar inneal cuideachaidh sa phròiseas fèin-luachaidh do shuidheachaidhean airson an càileachd a leasachadh agus amas air sàr-mhathais. Tha sinn air fàs glè eòlach air cleachdadh air slatan-tomhais deagh-ghnè, a tha air a bhith na phrìomh fheart ann a bhith a' toirt buaidh air ar cleachdadh airson buannachd bhuilean chloinne.

Tha am frèam-obrach seo, 'Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne' (HGIOELC), a' sireadh togail air an fhreagairt dheimhinnich seo ach aig an aon àm a' toirt sùil às ùr air na feumalachdan a tha a' leasachadh agus a' nochdadh nan atharrachaidhean 's an t-solar mheudaichte ann an roinn ELC san latha an-diugh. Airson a' chiad uair, cha bhi am frèam-obrach seo foillsichte ach mar ghoireas didseatach san Ionad Leasachaidh Nàiseanta. Tha seo a' toirt a' chothrom do Fhoghlam Alba goireasan didseatach fìor eadar-obrachail a thairgsinn airson ar frèaman-obrach leasachaidh mu choinneamh an ama ri teachd agus innealan a ghabhas an leasachadh agus ùrachadh gu sùbailte.

Sa Ghiblean 2014, chaidh *Achd Chloinne is Dhaoine Òga (Alba)* a thoirt a-steach le cuimse às ùr air clann bho àm breith gu àm tòiseachaidh san sgoil. Thog am fòcas seo air cudromachd ELC ann am beatha chloinne fa leth, an teaghlach agus an luchd-cleachdaidh mu choinneamh an ama ri teachd anns na diofar sheòrsaichean de shuidheachaidhean air feadh Alba. Tha atharrachaidhean ùra ann am modh-obrach agus slighe poileasaidh air a bhith nam meadhan air atharrachadh a thoirt air na stuthan fèin-luachaidh a th' againn. Tha HGIOELC a' gabhail cunntas air a' mhiann leantainneach a thaobh Alba a dhèanamh mar an t-àite as fheàrr airson fàs suas ann, agus a' gabhail ris an iomadachadh agus an t-seòrsa solair air feadh na dùthcha.

Tha HGIOELC a' gabhail cunntas air luchd-frithealaidh chloinne, agus gach suidheachadh prìobhaideach, saor-thoileach agus ùghdarras ionadail. Mar sin, tha e do luchd-cleachdaidh uile a tha ag obair le clann bho àm breith gu àm tòiseachaidh san sgoil. Tha e a' co-lìonadh *Dè cho math 's a tha ar sgoil? (an ceathramh eagra)* a tha air ùr fhoillseachadh do bhun-sgoiltean is àrd-sgoiltean, agus a' neartachadh na dòigh-obrach fèin-luachaidh a thaobh obair leasachaidh a ghluasad air adhart air feadh Alba. Tha e a' gabhail làn chunntas air iomairtean poileasaidh ùr leithid *Stiùireadh Cleachdaidh Nàiseanta air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne: Togail an Àrd-amais, Ro-bhreith gu Tri, Ga fhaighinn ceart do gach pàiste agus Curraicealam airson Sàr-mhathais*.

An t-adhbhar gu bheil feum againn air frèam-obrach ùr

'Tha fianais air coileanadh làithreach ann an siostam foghlaim Alba ag innse gu bheil siostam foghlaim math againn, a tha a' coileanadh gu làidir ann an grunn dhòighean. Ach, chan eil sinn fhathast aig ìre a bhith a' faotainn gu cunbhalach ìrean coileanaidh sàr-mhath a bhiodh co-ionann ri àrd-amas cruinneil ar lèirsinn', Plana Corporra Foghlam Alba 2013-2016.

Tha obair com-pàirteachais eadar prìomh bhuidhnean a tha a' cur taic ri tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne (ELC) ann an Alba, mar neart shoilleir agus shònraichte agus tha sinn ann an àm gun choimeas far nach eil an cuideam air obair leis a' chloinn as òige againn air a leithid de fhollaiseachadh fhaighinn a-riamh. Tha am *Prògram do Riaghaltas na h-Alba* air cuid de phrìomhachasan cudromach a chomharrachadh airson na h-ath ìre de ar slighe leasachaidh, a' gabhail a-steach meudachadh air solar tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne gus builean a leasachadh do chlann, feabhas air sgioba-obrach ELC, *Leasachadh Sgioba-obrach na h-Alba* agus *Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba*. Tha dùnadh a' bheàrn ann am buileachadh, coileanadh agus sunnd eadar clann a tha a' fuireach anns na ceàrnaidhean as bochda agus na ceàrnaidhean as saidhbhire againn, na prìomh dhùbhlán do chlàn-gnothaich farsaing na h-Alba. Tha fios againn gu bheil buaidh chudromach aig sunnd corporra, sòisealta, faireachdainneil agus eaconamach air soirbheasan agus coileanaidhean na cloinne as òige againn, air feadh am beatha. Tha am frèam-obrach seo *Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?* a' cur gu mòr ri taic dhaibhsan a tha ag obair ann an roinn ELC agus leasachadh air siostam taobh ri taobh a' chlàir-gnothaich chudromach agus bhrosnachail seo.

Com-pàirteachas, co-obrachadh agus fèin-leasachadh

Tha coinneachadh fheumalachdan farsaing coitcheann chloinne uile agus an teaghlaichean aig cridhe na tha a' dèanamh solar sàr-mhath. Chan urrainn do shuidheachaidhean seo a choileanadh leotha fhèin. Tha *Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?* a' togail air cudromachd com-pàirteachais agus co-obrachaidh mar fheartan cudromach de shuidheachadh a tha àrd-èifeachdach. Mar eisimpleir, tha eòlas gun choimeas aig pàrantan is luchd-cùraim air an cuid chloinne agus tha fios cudromach aca air an adhartas mar luchd-ionnsachaidh thar ùine an taobh a-staigh suidheachadh an ELC, san dachaigh agus ann an taobhan eile de bheatha pàiste. Tha e cudromach gun gabhar cunntas de am beachdan air an t-suidheachadh, bho na tha iad a' faicinn air bunait neo-fhoirmeil làitheil, an cuideachadh 's an taic agus am freagairt a dh'fhaodas iad fhaighinn aig amannan duilgheadais no dragh, agus tro bhith a' tional am beachdan san fharsaingeachd mu bhuidh leasachaidh.

Nòta mun bhriathar 'fèin-luachadh'

Tha am briathar 'fèin-luachadh' air a chleachdadh gus an dòigh a chòmhdach sa bheil daoine fa leth agus suidheachaidhean a' rannsachadh an adhartais, an leasachaidh agus an cleachdaidh, agus na tha air a leasachadh agus na tha fhathast ri leasachadh, a chomharrachadh. Is e dòigh a th' ann air a bhith a' cleachdadh fianais airson coileanaidhean agus soirbheasan a mheasadh a thuilleadh air raointean aig a bheil feum fhathast air an gnìomhadh. Dh'fhaodadh an dàimh shònraichte eadar fèin-luachadh agus leasachadh èifeachdach a bhith air a thuigsinn cuideachd gus suidheachaidhean a chuideachadh gu freagairt a thoirt do na trì ceistean àbhaisteach, a tha a' fuireach aig cridhe fèin-luachaidh:

- Ciamar a tha sinn a' faighinn air adhart?
- Ciamar a tha fios againn?
- Dè tha sinn a' dol a dhèanamh a-nis?


Tha suidheachaidhean a tha air an t-slighe gu sàr-mhathais a' cuimseachadh nan ceistean sin air prìomh ghnothachas an t-suidheachaidh gus ionnsachadh agus leasachadh do chloinn adhartachadh.

Tha e cudromach gum bi adhbharan ann airson luachadh a dhèanamh air na raointean a tha thu air a thaghadh agus an fhianais air a bheil do luachaidhean stèidhichte a bhith air a cumail so-riaghlach. Thig prìomh fhreumhan fianais, mar eisimpleir, bho na tha thu gu dìreach ag amharc, bho dhàta de dhiofar sheòrsaichean agus cruinneachadh beachdan bho dhaoine a tha dha-rìribh an sàs anns an t-suidheachadh, leithid pàrantan agus luchd-cùraim, buidhnean com-pàirteachais, luchd-cleachdaidh agus a' chlann fhèin. Tha e cudromach gun an tabhartas bho chlann a mheasadh fon luach, oir tha iad a' solarachadh sealladh smaoineachail agus luachmhor air an eòlasan. Dh'fhaodadh gum bi thu airson am beachdan a thional le bhith a' labhairt riutha fa leth no ann am buidheann beag, ag amharc orra agus ag èisteachd ri mar a tha iad a' cluich, a' gabhail ealla ri an adhartas agus a' faicinn mar a tha iad a' gabhail ri eadar-obrachadh bho inbhich. Tron mhodh-obrach seo, tha suidheachaidhean a' coimhead a-steach airson anailis a dhèanamh air an obair fhèin, meòrachadh air na tha iad ann an da-rìribh a' solarachadh, agus an uair sin a' dèanamh atharrachaidhean gus an solar a leasachadh airson ionnsachadh chloinne. Aig an aon àm, tha iad a' coimhead a-mach gus fhaighinn a-mach dè as fheàrr a tha ag obrachadh do chàch gu h-ionadail agus gu nàiseanta, agus a' coimhead air adhart ri thomhais cò ris a dh'fhaodadh leasachadh leantainneach a bhith coltach.

Mar a chleachdar an fhrèam-obrach

Mar a choimheadas tu tron fhrèam-obrach, chì thu àireamh de shlatan-tomhais deagh-ghnè a tha a' cuimseachadh air raointean sònraichte leasachaidh. Cuidichidh iad thu le neartan a chomharrachadh sna dòighean sa bheil thu ag obair gu làithreach anns an t-suidheachadh agad fhèin agus cuideachd ann an raointean far am faodadh tu barrachd a dhèanamh gus builean a leasachadh do chlann agus an teaghlaichean. Tha iad air an deilbh airson do chuideachadh gu an diofar a tha thu a' dèanamh a thuigsinn agus na dh'fheumas tu a bhith a' dèanamh a-nis, agus gad chuideachadh gu planadh mu choinneamh atharrachaidhean deimhinneach.

Tha am frèam-obrach slat-tomhais deagh-ghnè ann an *Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?* a' cur taic ri suidheachaidhean agus an com-pàirtichean ann a bhith **a' coimhead a-steach**: gus coileanadh a luachadh aig gach ìre agus am fiosrachadh a chaidh a thional a chleachdadh gus co-dhùnadh air na dh'fheumar a dhèanamh airson leasachadh. Chan e fìor cheann-uidhe a th' ann ach meadhan air gnìomhadh fhiosrachadh, a leanas gu buaidh a tha a' sìor fhàs deimhinneach air an t-seirbheis a tha thu a' solarachadh.




Tha *Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?* a' solarachadh stiùireadh nàiseanta leis am faod luchd-cleachdaidh agus càch obrachadh còmhla, gus a' bhuidhe choitcheann air leasachadh builean do chlann sa choimhearsnachd ionadail aca, a nochdadh agus a luachadh. Nuair a tha am pròiseas coimhead a-steach seo a' tòiseachadh san t-suidheachadh agus an uair sin a' gluasad a-mach, faodaidh e dealbh luachmhor agus gun choimeas a sholarachadh de na tha a' toirt a' bhuidhe as motha agus as lugha aig ìre fa leth, ìre ionadail – le suidheachaidhean eile sa choimhearsnachd – no ìre ùghdarras ionadail. Aon uair 's gu bheil ìrean buaidhe air an comharrachadh, faodar planaichean leasachaidh a chur ri chèile agus faodaidh coimhead a-mach agus air adhart taic a chur riutha sin.

Na Slatan-tomhais Deagh-ghnè

Tha am frèam slat-tomhais deagh-ghnè seo air a dhèanamh suas à seat de chòig deug chomharran càileachd air an deilbh gus suidheachaidhean a chuideachadh a' freagairt trì phrìomh cheistean co-cheangailte ri trì taobhan cudromach de an obair. Mar sin, tha iad air an roinn ann an trì seòrsaichean.

- **Ceannardas agus Stiùireadh:** *Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus ar modh leasachaidh?*
- **Solar Ionnsachaidh:** *Dè cho math 's a tha a' chàileachd cùraim agus ionnsachaidh a tha sinn a' tabhann?*
- **Soirbheasan agus Coileanaidhean:** *Dè cho math 's a tha sinn air dèanamh cinnteach às na builean as fheàrr do ar luchd-ionnsachaidh uile?*

Nuair a tha an fhianais bho shlatan-tomhais deagh-ghnè co-cheangailte ris gach aon de na ceistean seo air an cur còmhla, faodaidh e sgeulachd chumhachdach agus gun choimeas a chruthachadh gus a' phrìomh cheist chudromach a fhreagairt: *Dè an comas a th' againn air leasachadh leantainneach?* No, ann am facail eile, *dè cho math 's a dh'fhaodas sinn a bhith?*



Tha an diagram seo a' mìneachadh na dàimh làidir a tha eadar gach aon de na seòrsaichean agus a' phrìomh cheist mu dheidhinn comas an t-suidheachaidh air leasachadh. Tha feum air raon de fhianais iomchaidh bho na trì seòrsaichean airson an comas iomlan a thaobh leasachaidh a luachadh. Chan eil siostam-rangachaidh ann. Tha gach aon de na trì seòrsaichean gu co-ionann cudromach.

Tha luchd-cleachdaidh agus ceannardan sgoile a' faighinn cuireadh gu na slatan-tomhais deagh-ghnè a chleachdadh còmhla ri com-pàirtichean airson coimhead a-steach agus an cuid obrach a luachadh mu choinneamh bun-tomhas nàiseanta de chleachdadh **fior math**. (faic pàipear-taic 1)

Tha na slatan-tomhais deagh-ghnè a tha ann an *Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?* a' leantainn pàtran coltach ri seo agus a' làn choileanadh an fheadhainn a tha sgrìobhte ann an *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?*

Cuidichidh dà fhrèam-obrach a tha glè choltach ri chèile ach le diofaran cudromach co-theacsach, le leasachadh leantainneach mar a bhios clann òg a' tòiseachadh air an slighe ionnsachaidh. Tha an structar air a shìmplachadh gus am frèam-obrach a dhèanamh nas fhasa inntigeadh le luchd-cleachdaidh, ceannardan sgoile agus com-pàirtichean, a bhios a' co-obrachadh le chèile gus taic a chur ri fèin-luachadh èifeachdach.

Mar a bhios tu a' coimhead tron fhrèam, chì thu àireamh de shlatan-tomhais deagh-ghnè a tha a' cuimseachadh air raointean sònraichte airson leasachadh. Cuidichidh iad thu gu neartan a chomharrachadh ann an obair do shuidheachadh agus raointean far a bheil feum air feabhas. Cuidichidh iad thu gu an diofar a tha thu a' dèanamh a thuigsinn agus na dh'fheumas tu a dhèanamh an uair sin.

Tar-shealladh de na slatan-tomhais deagh-ghnè

Dè an comas a th' againn airson leasachadh?		
Ceannardas agus stiùireadh	Solar ionnsachaidh	Soirbheasan agus coileanaidh
Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus modh leasachaidh?	Dè cho math 's a tha càileachd a' chùraim agus an ionnsachaidh a tha sinn a' tabhann?	Dè cho math 's a tha sinn air dèanamh cinnteach às na builean as fheàrr do ar clann uile?
1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh. 1.2 Ceannardas ionnsachaidh 1.3 Ceannardas atharrachaidh 1.4 Ceannardas agus stiùireadh luchd-cleachdaidh 1.5 Stiùireadh stòrasan airson cothromachd adhartachadh	2.1 Barantachadh agus dìon chloinne 2.2 Curraicealam 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh 2.4 Taic pearsanaichte 2.5 Ionnsachadh teaghlaich 2.6 Eadar-ghluasadan 2.7 Com-pàirteachasan	3.1 Dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail 3.2 Dìon adhartas chloinne 3.3 Leasachadh cruthachalachd agus sgilean airson beatha agus ionnsachadh

Gach slat-tomhais deagh-ghnè:

- A' buntainn do dh'aon de trì seòrsaichean. Ceannardas agus Stiùireadh, Solar Ionnsachaidh agus Soirbheasan is Coileanaidhean.
- Le tuairisgeul coitcheann agus cuspairean ann gus innse dhut dè tha e a' còmhach.
- Le dealbhan ris na dh'fhaodadh ìre "fìor mhath" a bhith coltach. Tha iad sin airson eisimpleirean de fhianais agus cleachdadh a sholarachadh, gun a bhith làn choileanta no air an cleachdadh mar liosta-sgrùdaidh. Tha iad airson taic a chur ri còmhraidh agus meòrachadh proifeiseanta agus faodar an cur an sàs ann an suidheachadh sam bith.
- A' dèanamh iomradh air feartan ann an cleachdadh àrd-èifeachdach. Tha iad sin airson do chuideachadh a' comharrachadh na seòrsa fianais a tha a' cur ri taic fèin-luachaidh. Am measg nan eisimpleirean, lorgaidh tu feadhainn a tha co-cheangailte barrachd ri suidheachadh àraid seach an co-theacs agad fhèin. Bu chòir dhut amas air eisimpleirean deimhinneach a thional bhon t-suidheachadh agad fhèin gus neartan do chuid obrach a thaisbeanadh.
- A' mìneachadh cheistean dùbhlain gus meòrachadh is deasbad air agus taic a chur ri còmhraidh proifeiseanta no taic a chur ri tuigse cho-roinnte air neartan an t-suidheachaidh agad agus na h-ath cheummanan.

Slatan-tomhais deagh-ghnè agus cuspairean

Ceannardas agus Stiùireadh	
Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus ar modh stiùiridh	
Slat-tomhais deagh-ghnè	Cuspair
1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh	<ul style="list-style-type: none"> • Modhan co-obrachail gu fèin-luachadh • Leasachadh stèidhichte air fianais • Dèanamh cinnteach à buaidh soirbheis do chlann agus teaghlaichean
1.2 Ceannardas ionnsachaidh	<ul style="list-style-type: none"> • Conaltradh proifeiseanta agus obair cholaisteach • Buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd • Clann a' stiùireadh ionnsachaidh
1.3 Ceannardas atharrachaidh	<ul style="list-style-type: none"> • Leasachadh lèirsinn, luachan agus amasan co-roinnte a tha buntainneach do shuidheachadh ELC agus a' choimhearsnachd • Planadh ro-innleachdail airson leasachadh leantainneach • Cur an gnìomh leasachadh agus atharrachadh
1.4 Ceannardas stiùiridh agus luchd-cleachdaidh	<ul style="list-style-type: none"> • Frèam riaghlaidh • Togail agus cumail suas sgioba phroifeiseanta • Sunnd luchd-cleachdaidh agus taic aoghaireil
1.5 Stiùireadh stòrasan airson cothromachd adhartachadh	<ul style="list-style-type: none"> • Stiùireadh ionmhais airson ionnsachadh • Stiùireadh stòrasan agus àrainneachd airson ionnsachadh

Solar ionnsachaidh	
Dè cho math 's a tha a' chàileachd cùraim agus ionnsachaidh a tha sinn a' tabhann?	
Slatan-tomhais deagh-ghnè	Cuspairean
2.1 Barantachadh agus dìon chloinne	<ul style="list-style-type: none"> • Rianachd airson barantachadh, a' gabhail a-steach dìon chloinne • Rianachd gus dèanamh cinnteach à sunnd • Stiùireadh agus reachdas nàiseanta
2.2 Curraicealam	<ul style="list-style-type: none"> • Feallsanachd agus deilbh • Ionnsachadh agus slighean leasachail • Feallsanachd teagaisg agus cluich • Sgilean airson beatha agus ionnsachadh
2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh	<ul style="list-style-type: none"> • Ionnsachadh agus conaltradh • Càileachd eadar-obrachaidhean • Cleachdadh èifeachdach air measadh • Planadh, tracadh agus sgrùdadh
2.4 Taic pearsanaichte	<ul style="list-style-type: none"> • Taic uile-choitcheann • Àite luchd-cleachdaidh agus stiùirichean • Aithneachadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic chuimsichte • Toirt air falbh bhacaidhean gu ionnsachadh
2.5 Ionnsachadh teaghlaich	<ul style="list-style-type: none"> • Conaltradh theaghlaichean ann an ionnsachadh • Eadar-theachd tràth agus bacadh • Càileachd phrògraman ionnsachadh teaghlaich
2.6 Eadar-ghluasadan	<ul style="list-style-type: none"> • Càileachd taic do chlann agus an teaghlaichean • Planadh agus libhrigeadh co-obrachail • Leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh
2.7 Com-pàirteachasan	<ul style="list-style-type: none"> • Conaltradh phàrantan agus luchd-cùraim ann am beatha an t-suidheachaidh • Adhartachadh chom-pàirteachasan • Buaidh air clann agus teaghlaichean

Soirbheasan agus Coileanaidhean

Dè cho math 's a tha sinn air dèanamh cinnteach às na builean as fheàrr don chloinn againn uile?

Slat-tomhais deagh-ghnè	Cuspairean
3.1 Dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail	<ul style="list-style-type: none">• Sunnd• Coileanadh dhleastanasan reachdail• In-ghabhail agus co-ionannachd
3.2 Barantachadh adhartas chloinne	<ul style="list-style-type: none">• Adhartas ann an conaltradh, cànan tràth, matamataig, slàinte agus sunnd• Adhartas chloinne rè ùine• Càileachd iomlan ann an coileanadh chloinne• Dèanamh cinnteach à cothromachd do chlann uile
3.3 Leasachadh cruthachalachd is sgilean airson beatha agus ionnsachadh	<ul style="list-style-type: none">• Leasachadh cruthachalachd• Leasachadh sgilean airson beatha agus ionnsachadh• leasachadh sgilean didseatach

Toiseach tòiseachaidh

Faodaidh tu tòiseachadh le slat-tomhais deagh-ghnè sam bith agus coimhead riutha ann an òrdugh sam bith. Chan fheum thu gach aon slat-tomhais deagh-ghnè a chleachdadh, ach tha dàimh aca ri chèile agus mar sin bheir a bhith a' coimhead ri fear no dhà tuigse nas fharsainge dhut mu bhuaidh obair do shuidheachaidh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi thu airson faighinn a-mach dè cho math 's a tha clann ag adhartachadh nan ionnsachadh. Dh'fhaodadh gum bi e cuideachail dhut tòiseachadh le 'Barantachadh adhartas chloinne' (QI 3.2) ach dh'fhaodadh gum bi thu cuideachd airson fios a bhith agad dè a' bhuaidh a th' aig a' churraicealam a tha sinn a' tairgsinn, agus coimhead ri 'Curraicealam' (QI 2.2), agus ag obair leis an dà shlat-tomhais deagh-ghnè, meòrachadh air na h-aithrisean deagh chleachdaidh, agus cuidichidh a bhith a' deasbad air na ceistean dùbhlain thu gu co-dhùnadh air na dh'fheumas tu a dhèanamh airson barrachd leasachaidh.

Ceannardas agus Stiùireadh

Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus ar modh leasachaidh?

1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh

1.2 Ceannardas ionnsachaidh

1.3 Ceannardas atharrachaidh

1.4 Ceannardas stiùiridh agus luchd-cleachdaidh

1.5 Stiùireadh stòrasan gus cothromachd adhartachadh

Cuspairean

Modhan co-obrachail gu fèin-luachadh.

Leasachadh stèidhichte air fianais

Dèanamh cinnteach à buaidh soirbheis do chlann agus teaghlaichean

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' daingneachadh gu bheil fèin-luachadh dian na dhleastanas air luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh uile. Tha e a' togail air cudromachd mhodhan com-pàirteachais gu fèin-luachadh agus leasachadh leantainneach. Tha e a' cur cuideam air an fheum air ceannardas làidir agus tuigse cho-roinnte a thaobh neartan agus raointean airson an leasachadh. Is e prìomh fheart mar a thaisbeanar buaidh fèin-luachaidh agus mar a tha fianais air a cleachdadh airson builean a leasachadh do chlann.

Modhan co-obrachail gu fèin-luachadh

- Tha luchd-cleachdaidh uile a' tuigsinn gur e pàirt iomlan a th' ann am fèin-luachadh den modh leasachaidh leantainneach againn. Tha an sgioba againn a' meòrachadh gu math còmhla, agus a' cleachdadh nan gnìomhaidhean sin gus atharrachadh deimhinneach a thoirt gu bith don chloinn againn agus an teaghlaichean. Tha sinn ag obrachadh glè mhath le ar luchd-ùidh agus ar com-pàirtichean thar ùine sheasmhach. Tha feallsanachd aontaichte againn a tha a' mìneachadh an adhbhair agus cuimse ar dàimh le com-pàirtichean, agus ag ath-sgrùdadh seo gu cunbhalach gus a dhèanamh cinnteach gum bi builean deimhinneach ann don chloinn againn agus teaghlaichean. Tha sinn gu gnìomhach a' sireadh ar raon de chom-pàirtichean a leasachadh agus a leudachadh gus ar solar a neartachadh nas motha do chlann agus teaghlaichean. Tha sinn gu cunbhalach a' cleachdadh raon fharsaing de mhodhan-obrach gus conaltradh le agus èisteachd ri beachdan chloinne, luchd-ùidh agus com-pàirtichean agus tuigse co-roinnte a thogail de ar neartan agus raointean leasachaidh. Is urrainn dhuinn a thaisbeanadh mar a tha am beachdan a' fiosrachadh atharrachadh agus leasachadh. Tha seo air leantainn gu ceumannan aontaichte a chomharrachadh gu leasachadh tèarainte.

Leasachadh stèidhichte air fianais

- Tha ar fèin-luachadh a' cuimseachadh air leasachadh builean do chlann. Tha na prìomhachasan a chomharraich sinn a' nochdadh na cuimse seo. Gus ar cuideachadh le leasachadh, tha sinn a' gabhail cunntas air comhairle is rannsachadh buntainneach ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha seo gar comasachadh gu atharrachaidhean agus ùr-ghnàthachaidhean smaoinichail a dhèanamh. Tha sinn a' leantainn pròiseas soilleir nuair a thathar a' cur iomairtean ùra an gnìomh, a tha a' gabhail chothroman cunbhalach airson meòrachadh agus luachadh air adhartas. Tha sinn a' dèanamh fìor dheagh fheum de fhianais gus a thighinn gu co-dhùnaidhean mu chàileachd ar solair agus a' comharrachadh mhodhan èifeachdach gu leasachadh. Tha luchd-cleachdaidh uile an sàs ann an tional raon fharsaing de fhiosrachadh agus de fhianais gus adhartas chloinne a tha iomchaidh agus comasach a làimhseachadh, a chur ann an sgrìobhadh, a mheasadh agus a chlàradh. Tha seo a' gabhail a-steach amharc cuimsichte air nas urrainn clann a dhèanamh agus eisimpleirean buntainneach de dh'obair chloinne. Tha sinn a' toirt clann agus an teaghlaichean gu cunbhalach an sàs ann an ath-sgrùdadh ionnsachaidh agus adhartais. Bidh sinn a' cleachdadh na fianais seo uile airson breithneachaidhean ceart a dhèanamh mu chàileachd ionnsachadh chloinne.

An taobh a-staigh ar suidheachaidh agus ar coimhearsnachd ionnsachaidh, bidh sinn gu cunbhalach a' conaltradh airson deimhinneachd inbhe èifeachdach agus gnìomhan measarrachd agus tha slatan-tomhais is dùilean aontaichte againn. Tha sinn a' co-roinn deagh chleachdadh an taobh a-staigh agus seachad air an t-suidheachadh agus is urrainn dhuinn a thaisbeanadh le misneachd, an leasachadh a tha seo air a dhèanamh air an t-suidheachadh agus air builean do chlann.

Dèanamh cinnteach à buaidh soirbheis do chlann agus teaghlaichean

- Tha leasachadh leantainneach, soirbheasan agus coileanaidhean do chlann agus teaghlaichean deatamach do shlighe ro-innleachdail ar suidheachaidh. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gur e ionnsachadh àrd-chàileachdail tro chluich am prìomh fhòcas nar planadh leasachaidh. Tha ar planaichean is gnìomhan uile air an stiùireadh a dh'ionnsaigh leasachadh air eòlasan agus builean do chlann. Is urrainn dhuinn an ceangal eadar fèin-luachadh agus modhan leasaichte gu mar a tha clann ag ionnsachadh an taobh a-staigh ar suidheachaidh, a nochdadh gu soilleir. Mar thoradh air an sin, tha clann a' dèanamh adhartas fìor mhath le an leasachadh agus an ionnsachadh. Tha sinn a' roinn nan soirbheasan sin le luchd-ùidh agus com-pàirtichean agus gan cleachdadh mar àite tòiseachaidh airson leasachaidhean san àm ri teachd.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha fèin-luachadh aig cridhe gach nì a tha sinn a' dèanamh san t-suidheachadh againn. • Tha ar luchd-cleachdaidh uile an sàs gu gnìomhach ann an luachadh agus leasachadh ar suidheachaidh gu leantainneach. • Tha beachdan chloinne, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus feabhas a thoirt air beatha agus obair an t-suidheachaidh. • Tha tuigse co-roinnte aig gach neach a tha an lùib coimhearsnachd an t-suidheachaidh air a neartan agus fheumalachdan leasachaidh. • Tha cothroman cunbhalach aig pàrantan/luchd-cùraim gu taic a chur ri leasachadh le bhith a' com-pàirteachadh ann an raon de ghnìomhan foirmeil agus neo-foirmeil. • Tha cuimse shoilleir aig luchd-cleachdaidh uile air sgrùdadh agus luachadh deagh-ghnè ann an ionnsachadh chloinne agus air leantainn an adhartais agus an coileanaidhean. Tha iad ag obair gu h-èifeachdach mar sgioba. • Tha feallsanachd làidir leasachaidh tro bhith a' roinn cleachdaidh, agus tro thaic chomhaoisean is dùbhlain. • Tha gnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta do luchd-cleachdaidh uile air an ceangal gu soilleir ri builean fèin-luachaidh agus raointean comharraichte airson leasachadh. • Tha an luchd-cleachdaidh againn a' coimhead a-steach, a-mach agus air adhart nan gnìomhan luachaidh is leasachaidh. • Tha sinn a' dèanamh feum glè èifeachdach de fhiosrachadh bho ar coimhearsnachd ionnsachaidh, rannsachadh ùr à Alba agus àiteachan eile gus ar n-ionnsachadh agus leasachaidhean fhiosrachadh. • Tha àrd-amasan agus dòchasan aig ar luchd-cleachdaidh do chlann agus teaghlaichean uile. Tha sinn a' cleachdadh raon làn-fhiosraichte de mhodhan gus adhartas chloinne a mheasadh tarsainn an cuid ionnsachaidh. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh uile a' tuigsinn an dleasanais a thaobh leasachaidh tro fhèin-luachadh? • Ciamar a tha cleachdadh air <i>Togail an Amais</i> mar thaic do mheòrachadh, air leantainn gu leasachaidhean ann an eòlasan chloinne? • Dè as aithne dhuinn mun choimhearsnachd sam bi clann beò agus ag ionnsachadh; agus, dè na dòighean sa bheil sinn a' cleachdadh an eòlais seo gus builean do chlann a leasachadh? • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' comharrachadh ar neartan mar phroifeiseantaich agus mar shuidheachadh, gus eòlasan is adhartas chloinne a leasachadh? • Dè an t-adhartas a tha sinn a' dèanamh ann an dèiligeadh ri ar raointean a tha comharraichte airson leasachadh? • Dè an ìre gu bheil luchd-ùidh uile (clann, luchd-cleachdaidh, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean) an sàs ann am fèin-luachadh agus planadh airson leasachadh? • Dè na modhan a tha sinn a' cleachdadh gus taic a chur ris a' chloinn againn agus meòrachadh is luachadh a dhèanamh air ar cleachdadh is solar? • Ciamar a tha sinn a' taisbeanadh gu bheil luchd-cleachdaidh uile an sàs ann agus a' stiùireadh taobhan de leasachadh nar suidheachadh? • Dè na dòighean sa bheil ar luchd-cleachdaidh air am brosnachadh gu bhith a' meòrachadh air agus a' roinn an cleachdaidh fhèin ann a bhith a' toirt air adhart raointean aontaichte airson leasachadh? • Dè an ìre gu bheil sinn a' coimhead a-steach, a-mach agus air adhart nar gnìomhan luachaidh agus leasachaidh? • Dè an fhianais a th' againn gu bheil atharrachaidhean a rinn sinn mar thoradh air ar fèin-luachadh agus air builean a leasachadh do chlann?

Cuspairean

Tha conaltradh proifeiseanta agus obair cholaisteach a' toirt buaidh air ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL). Clann a' stiùireadh ionnsachaidh.

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri ceannardas leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg. Tha e a' togail air cudromachd dealais pearsanta a thaobh leasachadh teagasg tro raon de mhodhan-obrach gu ionnsachadh proifeiseanta, a' gabhail a-steach obair cholaisteach. Tha e a' cuimseachadh air ceannardas a tha a' leasachadh bhuilean do chlann agus teaghlaichean. Tha e a' togail air leasachadh bhuilean do chlann tro bhith gan comasachadh gu an ionnsachadh fhèin a stiùireadh.

Conaltradh proifeiseanta agus obair cholaisteach

- Tarsainn ar suidheachaidh, tha feallsanachd de chonaltradh proifeiseanta agus obair cholaisteach nochdte. Tha an dealas seo a' leantainn gu ar cleachdadh a bhith air ath-ùrachadh gu cunbhalach agus air a leasachadh gu buannachd ar clann agus teaghlaichean. Tha fianais ann de cheannardas làidir ionnsachaidh ann an raon de cho-theacsan. Tha sinn a' prìomhachadh togail agus cumail suas dhàimhean èifeachdach an taobh a-staigh ar suidheachaidh agus air an taobh a-muigh. Tha an luchd-cleachdaidh uile nar suidheachadh a' gabhail dhreuchdan stiùiridh os làimh gus càch a spreagadh, a chuideachadh agus a bhrosnachadh. Tha cultar làidir ionnsachaidh colaisteach nar suidheachadh air a thaisbeanadh tro, mar eisimpleir, ionnsachadh chomhaoisean, ais-fhiosrachadh cuideachail agus còmhradh proifeiseanta àrd-chàileachdail. Tha sinn a' co-obrachadh le co-obraichean, clann, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean gus ar suidheachadh a leasachadh agus builean leasaichte a bharantachadh don chloinn againn agus an teaghlaichean.

Buaidh ionnsachaidh proifeiseanta fad-dreuchd

- Tha luchd-cleachdaidh uile a' gabhail uallach airson an CLPL fhèin agus bidh iad gu cunbhalach a' dol an sàs ann an raon fharsaing de ghnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta gus ar cleachdadh a thogail agus a chumail suas. Mar dhaoine fa leth agus mar sgioba, bidh sinn a' meòrachadh gu breithneachail air ar n-obair. Tha sinn for-ghnìomhach ann an leudachadh agus doimhneachadh ar n-eòlais agus ar tuigse de theasgasg tràth-ionnsachaidh, tro rannsachadh, litreachas làithreach agus freumhan poileasaidh airson seo eisimpleireadh ann an dòigh glè èifeachdach nar cleachdadh. Tha sinn a' cumail suas chlàran èifeachdach air buaidh ionnsachaidh is leasachaidh proifeiseanta agus a' cruthachadh plana gnìomha soilleir air ionnsachadh proifeiseanta. Tha ar n-ionnsachadh proifeiseanta a' coileanadh agus a' neartachadh phrìomhachasan leasachaidh ar suidheachaidh. Tha e a' toirt buaidh dheimhinneach air eòlasan àrd-chàileachdail do chlann, an adhartas agus leasachaidhean nas fharsaing nar suidheachadh.

Clann a' stiùireadh ionnsachaidh

- Tha sinn a' dèanamh feum glè mhath de bheachdan agus ùidhean chloinne gus cuideachadh leis an àrainneachd ionnsachaidh agus eòlasan a chumadh. Tha luchd-cleachdaidh àrd-sgileil ann a bhith a' brosnachadh feòrachas chloinne agus ann an cleachdadh cheistean àrd-ìreil 's a' toirt seachad bheachdan airson comas smaoineachaidh is tuigse chloinne a leudachadh. Tha clann an-còmhnaidh gam brosnachadh gu taghadh a dhèanamh agus eadar-obrachaidhean a stiùireadh nan ionnsachadh fhèin ann an co-theacsan cluiche agus fìor-bheatha. Tha iad a' sior fhàs misneachail ann an eadar-obrachadh le càch, deasbad air coltachdan agus reusanachadh fhreagairtean gu co-dhùnadh a tha a' toirt dhaibh fèin-riarachadh an taobh a-staigh raon spreagail de dh'eòlasan ionnsachaidh a-staigh agus a-muigh. A' gabhail ealla math ri aois chloinne agus an ìre leasachaidh, tha luchd-cleachdaidh sùbailte agus freagairteach nam modh-obrach fhad 's a tha iad a' brosnachadh chloinne gu bhith a' deasbad agus a' planadh an cuid ionnsachaidh, a' gabhail tlachd às an soirbheasan agus a' roinn an coileanaidhean.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha àrd-stiùirichean a' cumhachdachadh luchd-cleachdaidh agus a' leasachadh ceannardais gu gnìomhach aig gach ìre agus comas iomlan an t-suidheachaidh a leasachadh. • Tha luchd-cleachdaidh uile a' com-pàirteachadh ann an ionnsachadh proifeiseanta àrd-inbheil fa leth agus le chèile, a tha a' leasachadh bhuilean do chlann agus teaghlaichean. Mar eisimpleir, tuigse co-roinnte de theagasg agus measadh tràth-bhliadhnaichean. • Tha planadh cùramach a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman cunbhalach aig luchd-cleachdaidh gu ionnsachadh le agus bho chèile, an dà chuid a-staigh agus taobh a-muigh an t-suidheachaidh. • Tha cothroman ionnsachaidh proifeiseanta air an deagh phlanadh agus air am maidseadh ri feumalachdan comharraichte agus a' tarraing air fianais ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta agus rannsachadh. Tha luchd-cleachdaidh misneachail ann an deasbad air mar a tha iad air an cuid cleachdaidh a leasachadh mar thoradh air an gnìomhachdan ionnsachaidh proifeiseanta fhèin. • Tha fianais shoilleir ann gu bheil raon fharsaing de ro-innleachdan gan cleachdadh gus taic a chur ri clann gu bhith a' gabhail uallach airson an ionnsachaidh agus an adhartais fhèin. • Tha planadh làidir a' nochdadh bheachdan is ùidhean chloinne agus a' taisbeanadh mar a tha luchd-cleachdaidh gu h-èifeachdach a' freagairt do agus ag adhartachadh an cruthachalachd, an comas ceasnachaidh agus am feòrachas. • Tha tuigse shoilleir aig luchd-cleachdaidh air mar a tha clann ag ionnsachadh. Tha an gnìomhan a' brosnachadh eadar-obrachadh àrd-chàileachdail eadar inbheach is pàiste. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè an fhianais a th' againn gu bheil ar n-ionnsachadh proifeiseanta a' meudachadh ar n-eòlais agus ar tuigse agus mar thoradh air an sin a' leasachadh bhuilean do chlann agus teaghlaichean? • Dè cho math 's a tha àrd-mhanaidsearan a' comasachadh luchd-cleachdaidh gu ionnsachadh le agus bho chèile, agus far a bheil e iomchaidh, ionnsachadh le co-obraichean tarsainn roinnean agus le buidhnean com-pàirteachais? • Dè an ìre gu bheil ar n-ionnsachadh proifeiseanta a' nochdadh feumalachdan dhaoine fa leth agus prìomhachasan leasachaidh ar suidheachaidh? Dè cho misneachail 's a tha sinn air a bhith a' togail air sgilean agus ùidhean fa leth a tha a' leantainn gu leasachaidhean do chlann? • Dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh a' cur taic ri clann gus uallach a ghabhail airson an ionnsachaidh agus an adhartais fhèin? Ciamar a tha fios againn? • Dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh ag aithneachadh agus a' cur taic ri clann aig nach eil mòran misneachd ann an libhrigeadh am beachdan agus an roghainnean? Dè cho èifeachdach 's a tha iad ann a bhith a' cur taic ri clann a' dèanamh roghainnean mu an ionnsachadh fhèin?

Cuspairean

Leasachadh lèirsinn, luachan agus amasan co-roinnte a tha buntainneach don t-suidheachadh ELC agus a choimhearsnachd.

Planadh ro-innleachdail airson leasachadh leantainneach.

Buileachadh leasachadh agus atharrachadh.

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air a bhith ag obair còmhla aig gach ìre gus lèirsinn cho-roinnte a leasachadh airson atharrachadh agus leasachadh a tha a' nochdadh co-theacs an t-suidheachaidh an taobh a-staigh na coimhearsnachd aca. Bu chòir do phlanadh airson atharrachadh leasachaidh leantainneach a bhith stèidhichte air fianais agus ceangailte gu soilleir ri fèin-luachadh làidir. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean a dhèanamh cinnteach gu bheil an t-astar atharrachaidh air a dheagh bhreithneachadh agus iomchaidh, gu buaidh dheimhinneach a thoirt air builean do chlann.

Leasachadh lèirsinn, luachan agus amasan co-roinnte a tha buntainneach don t-suidheachadh ELC agus a choimhearsnachd

- Tha sinn dealasach a thaobh lèirsinn cho-roinnte aontaichte airson ar suidheachaidh 's ar coimhearsnachd a tha a' nochdadh amasan chloinne, phàrantan/luchd-cùraim, luchd-cleachdaidh agus chom-pàirtichean. Tha àrd-stiùirichean a' taisbeanadh gu bheil iad àrd-dealasach a thaobh solarachadh ceannardais làidir gus ar lèirsinn agus luachan a leasachadh agus a chumail suas. Tha smaoineachadh agus rannsachadh làithreach mu chàileachd ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig teis-meadhain leasachaidhean leantainneach san t-suidheachadh againn. Tro cheannardas èifeachdach aig gach ìre, tha sinn gu cunbhalach a' coileanadh ìrean àrda nar n-obair agus a' strì ri bhith a' stiùireadh roinne. Tha luchd-cleachdaidh uile a' taisbeanadh dealas làidir pearsanta agus le chèile don lèirsinn agus do an luachan proifeiseanta mar a tha air am mìneachadh ann an còdan giùlain proifeiseanta agus inbhean airson clàraidh. Le bhith ag obair gu dlùth le pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean, tha sinn a' dèanamh cinnteach às na h-inbhean as àirde a ghabhas do ar clann uile.

Planadh ro-innleachdail airson leasachadh leantainneach

- Tha stiùirichean aig gach uile h-ìre san t-suidheachadh againn ag adhartachadh agus a' cur tai ri ùr-ghnàthachadh, cruthachalachd agus ceasnachadh luchd-cleachdaidh. Tha luchd-cleachdaidh an-còmhnaidh a' meòrachadh air agus a' leasachadh an cuid cleachdaidh mar phàirt de dhealas an t-suidheachaidh a thaobh leasachaidh. Tha stiùirichean aig gach ìre àrd-fhaicsinneach agus èifeachdach mar luchd-cleachdaidh stùiridh. Tha iad a' spreagadh agus a' brosnachadh chàich gu lèirsinn cho-roinnte a choileanadh. Tha àrd-stiùirichean a' treòrachadh agus a' stiùireadh na slighe agus an t-astar atharrachaidh ann an dòigh glè èifeachdach. Tha fios againn dè tha cudromach do ar suidheachadh, a choimhearsnachd agus ar clann agus mar sin, tha na h-ùr-ghnàthachaidhean againn air an deagh bhreithneachadh agus a' coileanadh feumalachdan chloinne agus theaghlaichean. Tha an suidheachadh againn gu cunbhalach a' rannsachadh dhòighean air togail air ar comais feabhasachaidh tro bhith a' leasachadh tàlant an luchd-cleachdaidh agus tro cho-obrachadh le clann, teaghlaichean, com-pàirtichean agus càch a chèile. Tha sinn a' leasachadh ceannardais aig gach ìre. Thathar a' solarachadh chothroman do luchd-cleachdaidh gu leasachaidhean a thoirt air adhart, agus an ealantas fhèin a bheathachadh agus a leasachadh. Thathar a' cur luach air cruthachalachd agus ga bhrosnachadh nar suidheachadh agus nar n-obair. Tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom gus gabhail ri diofar mhodhan libhrigidh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Tha ìrean àrda com-pàirteachaidh aig luchd-cleachdaidh uile ann an cothroman cunbhalach airson eadar-chòmhradh phroifeiseanta, agus ionnsachadh neo-eisimeileach is colaisteach. Tha an t-ionnsachadh co-roinnte seo a' leantainn gu leasachaidhean làn-fhiosraichte.

Cur an gnìomh leasachadh agus atharrachadh

- Tha leasachadh leantainneach, soirbheas agus coileanadh do chlann uile aig teis-meadhain ar buileachaidh air ro-innleachan leasachaidh a tha air am planadh. Tha àrd-stiùirichean a' cruthachadh shuidheachaidhean far a bheil luchd-cleachdaidh uile a' faireachdainn misneachail gu atharrachadh air a

dheagh fhiosrachadh a chur an gnìomh agus uallach airson a' phròiseas atharrachaidh a cho-roinneadh. Tha sinn gu h-èifeachdach a' conaltradh sealladh soilleir air lèirsinn agus amasan ar suidheachaidh gus am bi an sgioba cleachdaidh fharsaing, clann agus teaghlaichean air an gabhail a-steach ann a bhith gan coileanadh. Nuair a tha tachartasan no atharrachadh gar dùbhlachadh, tha sinn a' dèiligeadh ris ann an dòigh dheimhinneach agus a' làimhseachadh thargaidean dùbhlach gu h-èifeachdach. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil atharrachaidhean a tha molta air an tuigsinn leis na h-uile.

Tha stiùirichean a' cur taic agus a' comasachadh ar sgioba gu bhith a' dèanamh atharrachaidhean misneachail agus deagh-thìmhichte airson leasachadh leantainneach. Tha sinn a' stiùireadh agus a' dèiligeadh ris a' phròiseas fèin-luachaidh airson leasachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil targaidean sònraichte, soilleir agus tomhaiseach againn agus astar atharrachaidh a tha iomchaidh gus diofar a dhèanamh do chlann agus teaghlaichean. Tha ro-innleachdan àrd-èifeachdach air an cleachdadh gus sùil a chumail air agus buaidh nan atharrachaidhean air builean chloinne agus teaghlaichean a luachadh, agus ar gnìomhan san àm ri teachd a stiùireadh.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha clann, teaghlaichean, luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean uile an sàs ann an cruthachadh agus lèirmheas cunbhalach air lèirsinn, amasan agus luachan an t-suidheachaidh. Thathar ag ath-thadhal orra uile agus gan ùrachadh ann an co-rèir ri leasachaidhean an t-suidheachaidh. • Tha lèirsinn an t-suidheachaidh àrd-amasach agus a' cuimseachadh air leasachaidhean ann am builean do na h-uile. Tha e air a chumadh le feumalachdan ar coimhearsnachd agus air fhiosrachadh le smaoineachadh làithreach ann an teagasg tràth-ionnsachaidh. • Tha stiùirichean nan eisimpleirean dleastanais èifeachdach fhad 's a tha iad gu cùramach a' stiùireadh na slighe ro-innleachdail agus an astair atharrachaidh, gus dèanamh cinnteach à builean deimhinneach seasmhach do chlann agus teaghlaichean. • Tha conaltradh èifeachdach agus inghabhalach a thaobh lèirsinn, amasan agus luachan an t-suidheachaidh, a' fiosrachadh agus a' toirt phàrantan agus chom-pàirtichean an lùib leasachaidhean. • Tha clann agus teaghlaichean a' faotainn taic agus lèirsinn, amasan agus luachan an ionaid a thuigsinn anns an dòigh as iomchaidhe. • Tha ceasnachadh luchd-cleachdaidh agus eadar-chòmhradh proifeiseanta a' fiosrachadh agus a' cur taic ri leasachadh leantainneach, cruthachalachd agus ùr-ghnàthachadh. Tha seo a' brosnachadh agus a' misneachadh gach neach gu bhith a' cumail suas ìrean àrda libhrigidh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. • Tha luchd-cleachdaidh for-ghnìomhach anns a' phròiseas atharrachaidh agus ann a bhith a' luachadh buaidh leasachaidhean. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn air càch a thoirt an sàs ann an leasachadh lèirsinn agus co-roinnte airson ar suidheachaidh agus ar n-obair? • Dè an ìre gu bheil ar lèirsinn àrd-amasach agus dùbhlanaich? Ciamar a tha fios againn? • Dè cho math 's a tha ar lèirsinn, luachan agus amasan a' fiosrachadh ar cleachdaidh làitheil? Dè a' bhuidh a th' aca air leasachadh càileachd an tràth-ionnsachaidh agus a' chùram-chloinne a tha sinn a' solarachadh? • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann an conaltradh ar lèirsinn do chlann, teaghlaichean agus com-pàirtichean? Dè cho soirbheachail 's a tha na modhan a thathar a' cleachdadh airson a dhèanamh cinnteach gu bheil beachd aig gach neach ann an cumadh ar slighe san àm ri teachd? • Dè na h-eisimpleirean a th' againn de bheathachadh cruthachalachd gu soirbheachail agus adhartachadh ùr-ghnàthachadh? • Dè na h-eisimpleirean a th' againn de luchd-cleachdaidh a' co-obrachadh gu soirbheachail le chèile tro cheasnachadh breithneachail? • Dè na dòighean sa bheil sinn a' toirt an fheum as fheàrr à cothroman do luchd-cleachdaidh a bhith ag obair agus ag ionnsachadh còmhla? • Ciamar a tha fios againn gu bheil ar n-ionnsachadh proifeiseanta a' dèanamh diofar do chlann agus teaghlaichean? Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan planaidh airson leasachadh leantainneach? • Dè a' bhuidh dheimhinneach a tha air a bhith aig ar planadh airson leasachadh leantainneach air builean do chlann agus teaghlaichean?

Cuspairean

Frèam riaghlaidh
Togail agus cumail suas sgioba proifeiseanta
Sunnd luchd-cleachdaidh agus taic aoghaireil

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' togail air cudromachd riaghlaidh earbsach an taobh a-staigh suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Tha e ag adhartachadh cudromachd trusaidh cothromach is ceart agus taghadh air luchd-cleachdaidh. Tha e a' cuimseachadh air cunntachalachd, dleastanas agus luachan co-roinnte mar fheartan cudromach ann an togail agus cumail suas sgioba àrd-phroifeiseanta. Tha dàimhean deimhinneach, cùramach agus in-ghabhalach aig cridhe feallsanachd a tha fàilteachail agus àrd-thaiceil.

Frèam riaghlaidh

- Tha lèirsinn co-leanailteach againn air dè tha cudromach do ar suidheachadh agus a choimhearsnachd. Tha seo a' solarachadh bunait shoilleir bho am faod sinn ar leanabain, ar pàistean agus ar clann òg a chuideachadh gu soirbheachadh agus fàs. Tha ceannardas ar suidheachaidh air a stèidheachadh gu shoilleir air prìomh phrionnsabalan riaghlaidh de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne deagh-ghnè, conaltradh le clann agus an teaghlaichean agus cultar deagh-ghnè. Tha dreuchdan agus dleastanasan bhuidhnean agus dhaoine fa leth air am mìneachadh tro ar frèam riaghlaidh shoilleir mar a tha a' nochdadh ann an Inbhean Cùraim Nàiseanta, a' gabhail làn chunntas air feartan ar suidheachaidh. Tha am buidheann riaghlaidh a' cumail sùil dhian air gnìomhan ar suidheachaidh agus a' dèanamh cinnteach à freagairt timeil do dhraghan agus molaidhean phàrantan. Tha am buidheann riaghlaidh ag obair gu dlùth leis an t-suidheachadh againn agus shoilleir mu dhleastanas com-pàirteachais leis an ùghdarras ionadail agus buidhnean buntainneach eile. Tha loidhnichean shoilleir cunntachalachd an làthair mu choinneamh coileanadh agus deagh-ghnè an t-suidheachaidh, a' gabhail a-steach adhartas agus coileanaidhean chloinne. Tha ceannardas ro-innleachdail a' leantainn gu builean àrd-chàileachdail do chlann agus an teaghlaichean.

Togail agus cumail suas sgioba proifeiseanta

- Tha an suidheachadh againn a' cleachdadh trusadh èifeachdach agus trìd-shoilleir, modhan-obrach taghaidh agus stiùireadh coileanaidh a tha cunbhalach le reachdas làithreach, aontaidhean ionadail agus nàiseanta. Tha modhan-obrach dìon air an tuigsinn gu shoilleir agus air am buileachadh leothasan le dleastanas airson trusadh luchd-cleachdaidh. Tha ar modhan fastaidh a' cuimseachadh air na sgilean, liut agus eòlas a tha riatanach airson a bhith ag obair le leanabain, pàistean agus clann òg. Tha poileasaidhean agus modhan-obrach inntigidh èifeachdach agus taiceil againn do luchd-cleachdaidh uile. Tro phròiseas ath-sgrùdaidh proifeiseanta èifeachdach stèidhichte air oideachadh agus treòrachadh, tha luchd-cleachdaidh a' meòrachadh air an sgilean agus an eòlas proifeiseanta agus a' comharrachadh raointean airson leasachaidh. San t-suidheachadh againn, tha luchd-cleachdaidh uile a' dol an sàs ann an raon fharsaing de ghnìomhachdan ionnsachaidh proifeiseanta agus an cleachdadh a leasachadh. Tha buaidh shoilleir agus dheimhinneach aig ar leasachadh is ionnsachadh proifeiseanta àrd-chàileachdail air builean do ar clann agus teaghlaichean.

Sunnd luchd-cleachdaidh agus taic aoghaireil

- Tha poileasaidhean agus modhan-obrach shoilleir nan àite gus dèanamh cinnteach à taic aoghaireil agus sunnd luchd-cleachdaidh. Tha iad sin air an roinn le luchd-cleachdaidh agus air an deagh thuigsinn. Tha an cultar agus an fheallsanachd an taobh a-staigh ar suidheachaidh deimhinneach agus coibhneil. Tha e a' cuimseachadh air feumalachdan chloinne, theaghlaichean agus luchd-cleachdaidh. Tha sinn for-ghnìomhach ann an dèiligeadh ri leth-bhreith sam bith stèidhichte air claon-bharail gus am bi gach neach a tha ag obair agus ag ionnsachadh an taobh a-staigh an t-suidheachadh againn, a' faireachdainn in-ghabhalach agus air an luachadh. Tha an luchd-cleachdaidh againn air an cumhachdachadh agus air am brosnachadh gu co-dhùnaidhean a dhèanamh agus stiùireadh air taobhan de leasachadh. Tha sinn glè mhath air poileasaidh nàiseanta

agus aontaidhean ionadail a chleachdadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil ar n-inbhean giùlain àrda proifeiseanta air an tuigsinn agus air an cumail suas. Tha cothroman air co-chomhairleachadh, fiosrachadh a cho-roinn agus draghan a thogail air an deagh stèidheachadh agus air an deagh thuigsinn le luchd-cleachdaidh uile. Tha loidhnichean cunntachalachd soilleir. Tha an luchd-cleachdaidh uile a' co-roinn fiosrachaidh gu h-èifeachdach ag èisteachd ri càch agus a' freagairt gu deimhinneach do bheachdan agus cùisean a tha air an togail leotha.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha dreuchdan agus dleastanasan an luchd-cleachdaidh uile air am mìneachadh gu soilleir. Tha e ag adhartachadh agus a' cur taic ri cultar cunntachalachd agus tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne àrd-chàileachdail. • Tha an cultar fàilteachail agus in-ghabhalach faicsinneach an taobh a-staigh an t-suidheachaidh agus air adhartachadh le luchd-cleachdaidh uile. Tha poileasaidh 'doras fosgailte' an làthair mar thaic agus misneachadh do chonaltradh deimhinneach. • Tha an suidheachadh a' sgrùdadh gu làidir an raon de ghearanan a gheibhear, gu bheil freagairtean dèante sa bhad, agus nuair a tha e riatanach air an cur air adhart gun bhuidheann riaghlaidh. • Tha rèiteachaidhean trusaidh air am mìneachadh gu soilleir ann an sgrìobhainnean poileasaidh agus modh-obrach. • Tha rèiteachaidhean a thaobh dèiligeadh le smachd, làthaireachd/às-làthaireachd agus gearanan luchd-cleachdaidh, air an tuigsinn agus air am buileachadh gu cothromach. • Tha luchd-cleachdaidh uile a' gabhail lèirmheasan os làimh, co-dhiù uair sa bhliadhna, agus tha eadar-chòmhradh proifeiseanta leantainneach a' cuideachadh le feabhas agus leasachadh a thoirt air cleachdadh. • Thathar a' cumail ri reachdas cho-ionannachdan agus tha e follaiseach ann an trusadh luchd-cleachdaidh uile. • Tha ballrachd aig luchd-cleachdaidh uile ann an sgeama Dìon nam Buidhnean So-leònte (PVG) agus clàraichte le buidhnean buntainneach, mar eisimpleir SSSC agus GTCS. • Tha ruigsinneachd cho-ionann aig luchd-cleachdaidh uile, a' gabhail a-steach iadsan le rèiteachaidhean obrach diofraichte, air cothroman ionnsachaidh is leasachaidh proifeiseanta. • Tha poileasaidh urram obrach na àite agus tha e air a roinn le luchd-cleachdaidh uile. Tha modhan slàinte is sàbhailteachd agus measadh cunnairt air an cur an gnìomh gu rianail agus ann an co-rèir ri poileasaidhean ionadail is nàiseanta. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ag obair le ar buidhnean riaghlaidh, a' gabhail a-steach Coimisean a' Chùraim gus dèanamh cinnteach à cultar de leasachadh leantainneach nar suidheachadh? • Dè cho math as urrainn dhuinn a thaisbeanadh gu bheil sinn ag ionnsachadh bho ghearanan? • Dè an rèiteachadh a tha an àite airson luchd-cleachdaidh ùr no sealach gus fhaireachdainn gu bheil iad di-beathte agus a' faotainn deagh thaic san t-suidheachadh againn? • Dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh a' tuigsinn agus a' coileanadh an dleastanasan a thaobh SSSC agus GTCS mar a bhios iomchaidh? • Dè an fhianais a th' againn gu bheil buaidh dheimhinneach aig ar prìomhachasan ionnsachaidh is leasachaidh proifeiseanta air leanabain, pàistean agus clann òg nar cùram? • Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-cleachdaidh aig a bheil pàtran obrach diofraichte, air an deagh fhiosrachadh agus gu h-ìomlan an sàs ann am planadh agus stiùireadh leasachaidhean? • Ciamar a tha fios againn dè cho dian agus làidir a tha ar modhan-obrach a thaobh slàinte is sàbhailteachd agus buannachd cunnairt? • Dè na dòighean sa bheil sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach làn mhothachail do ar poileasaidhean agus ar modhan-obrach?

Cuspairean

Stiùireadh ionmhais airson ionnsachadh
Stiùireadh stòrasan agus àrainneachd airson ionnsachadh

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri buaidh an t-solair agus an stiùiridh air ionmhas an t-suidheachaidh agus stòrasan airson ionnsachadh. Tha e a' cuimseachadh air cudromachd stiùireadh earbsach air ionmhas an t-suidheachaidh agus an ìre gu bheil cleachdadh stòrasan a' leantainn gu builean leasaichte do chlann. Bu chòir do stiùireadh stòrasan toradh ann an togail àm ri teachd do na h-uile, a tha seasmhach agus cothromach.

Stiùireadh ionmhais airson ionnsachadh

- Tha sinn a' dèanamh feum èifeachdach den ionmhas a tha ri fhaotainn, a' gabhail a-steach tairgsean maoinachaidh mar a bhios iomchaidh, gus stòrasan a riarachadh agus ar prìomhachasan leasachaidh agus leasachaidhean planaichte a thoirt air adhart. Tha am buidseat a tha ri làimh air a chuireadh a dh'ionnsaigh leasachadh bhuilean do chlann agus teaghlaichean, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh feumalachdan ionnsachaidh nan uile. Tha sinn trid-shoilleir agus cothromach ann an cleachdadh ar stòrasan ionmhais. Tha sinn a' fastadh pròiseasan stiùireadh ionmhais a tha èifeachdach agus buadmhor, gus ar caiteachas a stiùireadh agus a sgrùdadh, a' dèanamh cinnteach às an luach as fheàrr. Tha sinn a' gabhail cunntas de chomhairle ionadail agus nàiseanta nar stiùireadh ionmhais, a' sireadh taic bhuapasan le eòlas ionmhasail mar a bhios iomchaidh. Tha sinn gu rianail a' sgrùdadh na h-ìre gu bheil cleachdadh air stòrasan ionmhasail a' leantainn gu builean nas fheàrr do chlann agus teaghlaichean. Tha fianais làidir ann gu bheil buidseatan tiomnaichte sam bith air an cleachdadh gu h-èifeachdach airson taic a chur ri ar leasachaidhean a tha air am planadh, agus air leantainn gu builean leasaichte do chlann.

Stiùireadh stòrasan agus àrainneachd airson ionnsachadh

- Tha sinn a' toirt an fheum as fheàrr à stòrasan a tha ri làimh, gus àrainneachd mhisneachail airson ionnsachadh èifeachdach a chruthachadh, a chumail suas agus a neartachadh. Tha ar n-àite-còmhnaidh a' solarachadh àrainneachd ionnsachaidh a tha sàbhailte, tèarainte agus brosnachail, aig a bheil ìre àrd de ghlainead. Tha sinn ann an da-riribh a' cur an gnìomh reachdas slàinte is sàbhailteachd buntainneach agus a' cleachdadh mhodhan-obrach buannachd cunnairt gus cunnartan a tha san amharc a lùghdachadh no a thoirt air falbh. Tha luchd-cleachdaidh uile furachail agus a' gnìomhachadh gu h-obann gus a dhèanamh cinnteach à sàbhailteachd is tèarainteachd ar clann, luchd-tadhail agus càch a chèile. Tha sinn a' cleachdadh na coimhearsnachd agus farsaingeachdan a-muigh agus a-staigh gus an fheum as àirde a thoirt à ionnsachadh àrd-chàileachdail. Tha àiteachan air an deagh uidheamachadh aig clann airson a dhol an sàs ann an gnìomhan lùthmhor a-staigh agus a-muigh, agus fois is cadal a ghabhail gu sàbhailte. Tha sinn air àiteachan a chomharrachadh do luchd-cleachdaidh agus pàrantan/luchd-cùraim agus farsaingeachd gu leòr airson stòradh agus taisbeanadh.

Tha siostaman èifeachdach againn airson a dhèanamh cinnteach gu bheil ar stòrasan air an cumail suas, air an eagrachadh agus ruigsinneach. Tha ar stòrasan air an cleachdadh gu h-èifeachdach agus air an stiùireadh ann an dòigh sheasmhach a tha a' tairgsinn roghainn do chlann agus ag adhartachadh ionnsachadh neo-eisimeileach. Far a bheil e iomchaidh, tha sinn a' cur taic ri clann a bhith gu gnìomhach an sàs ann am measadh chunnartan buntainneach ris am faodadh iad tachairt nan ionnsachadh agus nan cluich. Tha sinn a' tairgsinn raon fharsaing de stòrasan mar thaic agus dùbhlán do chlann agus an cur an sàs nan ionnsachadh tarsainn gach taobh de an leasachadh. Tha sinn a' toirt feum èifeachdach à stòrasan an taobh a-staigh ar n-àrainneachd ionadail agus taobh a-muigh ar suidheachaidh. Tha taisbeanaidhean a' cur ri àrainneachd thogarrach a tha a' cur taic ri ionnsachadh èifeachdach agus a' comharrachadh coileanadh. Tha eòlasan chloinne air an saidhbhreachadh tro chleachdadh planaichte agus deònach air teicneòlasan. Tha teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh agus ionnsachadh didseatach air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus leasachadh sgilean adhartachadh airson beatha agus ionnsachadh.

Tha siostaman èifeachdach air an ùisneachadh gus cleachdadh agus buaidh stòrasan a sgrùdadh, a luachadh agus a' lèirmheasadh airson an fheum as àirde a thoirt à ionnsachadh àrd-chàileachdail. Tha am fiosrachadh seo a' cur ri leasachaidhean san àrainneachd ionnsachaidh agus a' fiosrachadh chodhùaidhean stòrasaidh san àm ri teachd.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha ar cleachdadh air stòrasan trìd-shoilleir agus a' dèanamh cinnteach à cothromachd do na h-uile. Tha co-dhùnaidhean ionmhasail dèante ann an co-rèir ri lèirsinn agus amasan an t-suidheachaidh ann an coileanadh phrìomhachasan a tha air am planadh. Tha buaidh shoilleir agus thomhaiseach aig caiteachas ionmhasail air leasachadh bhuilean do luchd-ionnsachaidh. • Tha modhan-obrach stiùiridh ionmhasail èifeachdach agus buadhmhor a' comasachadh àrd-mhanaidsearan gu cuimseachadh air leasachadh bhuilean do luchd-ionnsachaidh uile. Tha siostaman agus modhan-obrach ga dhèanamh comasach do bhuidseatan a bhith furasta an sgrùdadh agus am prìomhachadh. • Thathar a' co-chomhairleachadh le luchd-ùidh a thaobh caiteachas cudromach agus tha iad air am fiosrachadh mu prìomhachasan cosg. • Tha stòrasan uile a tha ri làimh (a' gabhail a-steach stòrasan ionnsachaidh didseatach) air an cleachdadh gu h-èifeachdach airson àrainneachdan ionnsachaidh a-muigh agus a-staigh a chruthachadh agus a chumail suas. • Tha stòrasan freagarrach don adhbhar agus iomchaidh gu leasachail do dh'ìre leasachaidh chloinne. • Tha taisbeanaidhean a' gabhail a-steach cothromachd iomchaidh de dh'obair chloinne, teacs, dealbhan agus brosnachaidhean ionnsachaidh. • Tha luchd-cleachdaidh soilleir mu an dleastanas co-roinnte ann a bhith a' cumail gach neach sàbhailte. Tha iad for-ghnìomhach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-àite-fuirich tèarainte agus cùisean slàinte is sàbhailteachd sam bith air an comharrachadh agus air an làimhseachadh sa bhad. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdach agus buadhmhor 's a tha ar modhan-obrach a thaobh stiùireadh ionmhasail? A bheil luchd-cleachdaidh uile mothachail do chudromachd agus an sàs ann an coileanadh an luaich as fheàrr le stòrasan crìochnach? • Dè na modhan-obrach a tha sinn a' gabhail os làimh gus dèanamh cinnteach à trìd-shoilleireachd agus cothromachd ann an cleachdadh ar stòrasan ionmhasail? • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' riarachadh stòrasan gus prìomhachasan leasachaidh a chumail suas? • Dè an ìre gu bheil ar modhan-obrach a thaobh stòrasan togail is riarachaidh, a' leasachadh bhuilean do chlann uile? • Dè an ìre gu bheil caiteachas ionmhasail cuimsichte air feabhasachadh càileachd ionnsachaidh is leasachaidh do chlann? • Dè cho math 's a tha sinn a' sgrùdadh cleachdadh agus buaidh stòrasan a th' ann air adhartas is leasachadh chloinne? • Dè cho math 's a tha sinn ag obair còmhla ri clann, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean gus co-dhùnaidhean stòrasaidh iomchaidh a dheasbad agus a dhèanamh? • Dè cho èifeachdach 's a tha ar stòrasan ann an coileanadh feumalachdan ionnsachaidh chloinne uile agus dèanamh cinnteach à cothromachd? • Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan-obrach slàinte is sàbhailteachd, a' gabhail a-steach cleachdadh iomchaidh air siostaman measaidh cunnairt?

Solar Ionnsachaidh

Dè cho math 's a tha càileachd a' chùraim agus an ionnsachaidh a tha sinn a' tairgsinn?

- 2.1 Barantachadh agus dìon chloinne
- 2.2 Curraicealam
- 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh
- 2.4 Taic phearsanaichte
- 2.5 Ionnsachadh teaghlaich
- 2.6 Eadar-ghluasadan
- 2.7 Com-pàirteachasan

Cuspairean

Rèiteachadh a thaobh barantachaidh, a' gabhail a-steach dìon chloinne
Rèiteachadh gus a dhèanamh cinnteach à sunnd
Stiùireadh agus reachdas nàiseanta

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air na dleastanasan a dh'fheumas luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean gus a dhèanamh cinnteach gu bheil clann uile sàbhailte, a' faighinn deagh chùram agus comasach air soirbheachadh. Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead ri mar a tha an suidheachadh a' gabhail cunntas air riatanasan reachdail a thaobh dìon chloinne, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan chloinne uile air an coileanadh. Tha barantachadh chloinne uile ag iarraidh gum bi com-pàirteachasan làidir air an stèidheachadh eadar an suidheachadh agus coimhearsnachd ionadail an t-suidheachaidh. Tha seo a' gabhail a-steach chothroman air an deagh phlanadh gus clann a chuideachadh gu fàs fulangach agus tuigse earbsach a leasachadh air mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte.

Rèiteachaidhean airson barantachaidh, a' gabhail a-steach dìon chloinne

- Tha poileasaidhean is modhan-obrach soilleir iomchaidh nan àite gus a dhèanamh cinnteach à cùram agus sochairean leanabain, pàistean agus clann òg, a' gabhail a-steach dìon chloinne, barantachadh agus measaidhean cunnairt. Thathar a' dèiligeadh le feumalachdan agus draghan ar cuid chloinne agus an teaghlach ann an dòigh fhaireachdainneil agus èifeachdach. Tha rèiteachaidhean a thaobh togail dhraghan air an deagh fhollaiseachadh agus aithnichte le luchd-cleachdaidh, pàrantan/luchd-cùraim, com-pàirtichean agus clann, mar a bhios iomchaidh. Tha àrd-stiùirichean air an trèanadh ann an cùisean barantachaidh gu àrd-ìre agus a' taisbeanadh eòlas earbsach agus tuigse, a' gnìomhachadh mar mhodailean deagh chleachdaidh do chàch. Tha clann, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean a' gabhail pàirt ghnìomhach os làimh ann an adhartachadh cùram agus sochairean. Tha neach ainmichte iomchaidh na àite gus uallach stiùiridh a ghabhail airson draghan cùraim is shochairean no dìon chloinne a dh'fhaodadh a thighinn am bàrr agus tha luchd-ùidh uile mothachail don dreuchd aca. Tha luchd-cleachdaidh uile a' faotainn ionnsachadh cunbhalach proifeiseanta agus tha iad misneachail ann a bhith a' freagairt cùis dìon no barantachadh chloinne sam bith, a' gabhail a-steach e-barantachadh, brath feiseil chloinne agus eastramachas. Tha tachartasan uile co-cheangailte ri co-ionannachdan air an clàradh agus air dèiligeadh leotha gus taic a sholarachadh agus bacadh a chur air tachartasan eile. Tha tubaistean/tachartasan agus riarachadh air cunngaidhean leigheis air an clàradh ann an co-rèir ri poileasaidhean agus modhan-obrach soilleir.

Rèiteachaidhean gus a dhèanamh cinnteach à sunnd

- Tha feallsanachd agus lèirsinn an t-suidheachaidh ag adhartachadh co-ionannachd gu làidir, a' dùbhlachadh gach cruth de leth-bhreith. Tha leanabain, pàistean agus clann òg comasach air dàimhean deimhinneach a thogail le inbhich a tha cunbhalach, anns a bheil earbsa aca. Tha clann, aig ìre leasachaidh iomchaidh, a' faotainn taic gus a bhith an sàs ann an tighinn gu co-dhùnaidhean. Tha cothrom aca air neach ainmichte a ghnìomhaicheas às an leth mar a bhios iomchaidh. Tha poileasaidhean agus siostaman air am fighe a-steach gus cùisean cùraim agus shochairean adhartachadh tarsainn beatha an t-suidheachaidh. Tha sinn a' cleachdadh modhan-obrach ionnsachaidh is teagaisg a tha ag adhartachadh fulangas agus dòigh-beatha fhallain agus tha iad àrd-mhothachail agus freagairteach do shunnd gach leanaban agus pàiste òg.

Stiùireadh agus reachdas nàiseanta

- Tha leanabain, pàistean agus clann òg sàbhailte agus air an amharc gu bhith a' faireachdainn sàbhailte san t-suidheachadh. Tha freagairt làidir, foghainteach agus for-ghnìomhach a' tighinn bho inbhich a tha ag obair le clann, a tha a' lùghdachadh cunnart croin no fìor chron dhaibh. Tha aithne agus tuigse aig inbhich uile a tha ag obair leotha air na comharran a dh'fhaodadh a bhith ag ràdh gu bheil leanaban, pàiste no neach òg a' fulang no ann an cunnart a bhith a' fulang cron, agus bidh iad a' gabhail nan ceumannan a tha iomchaidh agus riatanach ann an co-rèir ri modhan-obrach ionadail agus stiùireadh reachdail. Tha luchd-cleachdaidh a' cumail an eòlais ùr agus tha iad mothachail do chùisean a' tighinn am bàrr sa cho-chomann. Tha stiùirichean agus buidhnean riaghlaidh far a bheil sin iomchaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean, modhan-obrach agus trèanadh èifeachdach agus a' gèilleadh do reachdas aig gach àm. Tha cumail chlàran againn a thaobh chùisean barantachaidh, a' gabhail a-steach planadh, air an cumail suas chun na h-ìre as àirde agus air an stòradh gu sàbhailte agus gu tèarainte, a' dèanamh cinnteach nach eil am fiosrachadh dìomhair uile ruigsinneach ach do bhuill buntainneach luchd-obrach.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha poileasaidhean agus modhan-obrach dìon chloinne is barantachaidh a' nochdadh an reachdais as ùire agus air an ath-sgrùdadh air bunait chunbhalach. • Tha barantachadh na shnàithlean cudromach a' ruith tro fhèin-luachadh suidheachaidh. • Tha poileasaidhean agus modhan-obrach soilleir nan àite gus co-ionannachdan adhartachadh. • Tha modhan-obrach làidir agus earbsach nan àite airson leantainn air neo-làthaireachd tro raon de ro-innleachdan. • Tha measaidhean cunnairt nan àite an taobh a-staigh shuidheachaidhean, a' gabhail cunntas air suidheachaidhean fa leth. Tha measaidhean cunnairt air an coileanadh agus air an clàradh gu h-iomchaidh, a' gabhail a-steach gach turas a-mach. • Tha làn tuigse aig an luchd-obrach uile, a' gabhail a-steach saor-thoilich agus com-pàirtichean, do mhodhan-obrach dìon chloinne agus na ceumannan a ghabhar ann an suidheachadh sam bith, a' gabhail a-steach tar-chur iomchaidh, co-labhairtean chùisean dìon chloinne agus clàraidhean dìon chloinne. • Tha luchd-cleachdaidh a' conaltradh ann an da-riribh ri clann agus a' gabhail cunntas air am beachdan agus an eòlasan; gu h-àraid far a bheil co-dhùnaidhean rin dèanamh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air roghainnean beatha. • Tha ionnsachadh chloinne ann an slàinte agus sunnd air a neartachadh tro obrachadh com-pàirteachais èifeachdach le pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean. • Tha clàran dìon chloinne uile air an stòradh gu sàbhailte agus gu tèarainte, a' dèanamh cinnteach nach eil fiosrachadh dìomhair sam bith ri fhaotainn ach le buill bhuntainneach den luchd-obrach. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè an ìre gu bheil modhan-obrach dìon chloinne agus barantachaidh nam pàirt iomlan de ar pròiseasan fèin-luachaidh? Dè cho math 's a tha ceannardas an t-suidheachaidh ann a bhith a' toirt air adhart an raon cleachdaidh seo agus ciamar a tha fios againn? • A bheil neach iomchaidh ainmichte na àite airson dìon chloinne, agus a bheil fios aig teaghaichean is luchd-ùidh uile cò tha seo? • Dè cho èifeachdach 's a tha na pròiseasan clàraidh is planaidh ann an libhrigeadh bhuilean deimhinneach do chlann far a bheil draghan a thaobh dìon chloinne no barantachadh? Dè an ìre gu bheil leanabain, pàistean agus clann òg a' faotainn taic, a' leantainn air dragh? • Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach uile, a' gabhail a-steach luchd-obrach taic agus tadhail, air an cumail ùraichte a thaobh cleachdadh barantachaidh èifeachdach? Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil saor-thoilich agus oileanaich eòlach air ar poileasaidh barantachaidh agus cleachdadh? • Dè cho èifeachdach 's a tha an taic a tha clann a' faighinn, a tha no a bha air a' chlàr dìon chloinne agus/no Looked After? • A bheil stiùireadh agus modhan-obrach nan àite airson dearbhadh a bheil feum aig pàiste air plana fa leth? Ciamar a tha sinn a' co-roinn an fhiosrachaidh seo gu h-iomchaidh agus gu faireachdainneil?

Cuspairean

Feallsanachd agus deilbh
Slighean ionnsachaidh is leasachaidh
Modhan teagaisg agus cluich
Sgilean airson beatha agus ionnsachadh

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' togail air cudromachd a bhith a' cur feumalachdan chloinne aig teis-meadhain deilbh agus leasachadh curraicealaim. Tha e a' cuimseachadh air cudromachd a bhith a' tairgsinn cluiche saidhbhir is brosnachail agus cothroman ionnsachaidh do chlann, a-staigh, a-muigh agus an taobh a-staigh na coimhearsnachd aca. Tha an curraicealam air a dheilbh gus suidheachaidhean ionadail agus nàiseanta a nochdadh. Tha an curraicealam aig an ìre as èifeachdaiche nuair a tha e fìor bhuntaineach do chlann agus teaghlaichean agus tha e air a chumadh tro an conaltradh-san. Tha modhan teagaisg soilleir agus co-roinnte ag adhartachadh ionnsachadh agus teagasg àrd-chàileachdail agus a' toradh ann am builean deimhinneach do chlann uile.

Feallsanachd agus deilbh

- Tha sinn soilleir mu adhbhar ar frèam curraicealaim. Tha e stèidhichte air luachan co-roinnte agus a' gabhail làn chunntas air feumalachdan agus suidheachaidhean ionadail. Tha ionnsachadh follaiseach nar libhrigeadh air a' churraicealam do leanabain, pàistean agus clann an tuigse fìor mhath againn do mhodhan teagaisg agus cluich ann an ionnsachadh follaiseach nar libhrigeadh air a' churraicealam do leanabain, pàistean agus clann òg. Tha e a' solarachadh cothromachd ann an cothroman do na h-uile. Tha modhan-obrach ùr-ghnàthach agus cruthachail gam brosnachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil clann a' dèanamh fìor dheagh adhartas anns gach taobh de an ionnsachadh agus leasachadh. Tha ar frèam curraicealaim a' cumail suas sunnd agus còraichean chloinne, a' gabhail a-steach còir air cluich. Tha sinn a' nochdadh ìomhaigh dheimhinneach de gach pàiste mar neach-ionnsachaidh comasach agus ealanta. Tha e air fhiosrachadh tro stiùireadh nàiseanta agus a' toirt dlùth-aire do choileanadh dùbhlain agus tlachd, leud, adhartas, doimhneachd, pearsanachadh is roghainn, co-leanailteas is buntainneas. Tha sinn gu cunbhalach ag obair gu math le ar luchd-ùidh agus com-pàirtichean ann an ath-sgrùdadh adhbhar a' churraicealam againn, a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' nochdadh feumalachdan caochlaideach agus gun choimeas ar cloinne, teaghlaichean agus coimhearsnachd. Tha sinn a' gabhail fìor dheagh chunntas air leasachaidhean a' tighinn am bàrr agus rannsachadh làithreach ann an cùram agus ionnsachadh chloinne, nuair a tha sinn ag ath-ùrachadh agus ag ath-sgrùdadh ar modhan-obrach curraicealaim. Tha ar modhan-obrach cruthachail is ùr-ghnàthach a thaobh deilbh curraicealaim a' cur taic ri builean deimhinneach do chlann agus teaghlaichean.

Slighean ionnsachaidh agus leasachail

- Tha sinn a' solarachadh frèam curraicealaim àrd-chàileachdail do chlann a tha glè fhreagarrach do dh'ìrean leasachaidh ar leanabain, pàistean agus clann òg. Tha sinn ag adhartachadh gu cùramach ceanglaichean làidir beathachail do chlann nar cùram. Tha sinn gu h-èifeachdach a' togail air ionnsachadh roimhe agus leantainneach ar cloinne, an taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-suidheachaidh. Tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh agus gu h-èifeachdach a' leasachadh nan taobhan deatamach airson tràth-ionnsachadh: sunnd, conaltradh, matamataig, feòrachas, ceasnachadh agus cruthachalachd gus na builean as fheàrr a ghabhas dèanamh a dhleasadh do ar clann. Tha an luchd-cleachdaidh againn a' stèidheachadh amasan agus dùilean àrda do chlann uile. Tha luchd-cleachdaidh uile a' gabhail uallach airson sgilean tràth litearrachd agus àireamhachd a leasachadh tarsainn a' churraicealaim. Tha sinn a' planadh gu cùramach gus a dhèanamh cinnteach gum bi eòlas aig ar clann uile air leantalachd agus adhartas àrd-èifeachdach troimhe chun na h-ath ìre de an ionnsachadh. Tha an luchd-cleachdaidh againn a' cur an aithne ùr-ghnàthachasan curraicealaim air an deagh bheachdachadh, a tha gu soirbheachail a' saidhbhreachadh ionnsachadh chloinne. Tha sinn a' planadh gu h-àrd-èifeachdach gus làn chunntas a ghabhail de fheumalachdan, nàdar, ùidhean agus ìre leasachaidh gach pàiste. Tha ar modhan-obrach sùbailte a thaobh planaidh agus àrd-fhreagairteach, a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' dèanamh adhartas seasmhach nan ionnsachadh.

Feallsanachd teagaisg agus cluich

- Tha am frèam curraicealaim againn stèidhichte gu daingeann air cluich agus ionnsachadh gnìomhach. Tha e brosnachail agus tarraingeach agus a' tairgsinn dùbhlann agus tlachd do chlann uile. Tha an luchd-cleachdaidh againn misneachail agus eòlach. Nan cleachdadh, tha iad a' taisbeanadh an tuigse dhomhainn a th' aca de an àite dheatamach a tha aig cluich ann an adhartachadh leasachadh agus ionnsachadh chloinne. Tha tuigse cho-roinnte nar suidheachadh de fheallsanachd teagaisg agus tha luchd-cleachdaidh a' dol an sàs gu deònach ann an deasbad agus còmhraidh mu bhith a' dèanamh cinnteach à cluich àrd-chàileachdail. Tha clann gan solarachadh le eòlasan saidhbhir buntainneach gus an sgilean cluiche is cleachdaidh a neartachadh, an saoghal mun cuairt orra a rannsachadh agus eòlas is tuigse a leasachadh nan dòigh fhèin agus nan àm fhèin. Tha sinn a' solarachadh chothroman ùr-ghnàthach agus cruthachail do chlann gus eòlas a chur air cluich àrd-chàileachdail a-staigh agus a-muigh. Tha ar n-eadar-theachdan àmail agus sgileil ag adhartachadh cruthachalachd chloinne, leudachadh an dòigh smaoineachaidh, leudachadh an sgilean agus a' daingneachadh an ionnsachaidh ann an cluich.

Sgilean airson beatha agus ionnsachadh

- Tha sinn a' solarachadh chothroman fìor mhath air taic a chur ri leasachadh sgilean chloinne airson beatha agus ionnsachadh, agus mothachadh don t-saoghal sa bheil iad beò agus a' fàs. Tha àrd-phrìomhachas ga thoirt do leasachadh slàinte agus sunnd chloinne, agus do leasachadh an sgilean ann an conaltradh, cànan tràth agus matamataig tràth. Tro ar modh-obrach àrd-fhreagairteach, tha ar cour chlann a' leasachadh raon leathan de sgilean an taobh a-staigh cho-theacsan spreagail agus buntainneach. Tha ar clann a' dèiligeadh le dùbhlann ann an dòigh dheimhinnich agus a' faighinn tlachd à fuasgladh cheistean leotha fhèin agus còmhla ri càch. Tha sinn gu sgileil a' cur taic ri clann ann an adhartachadh am beachdan agus an ùidhean. Tha sinn gan cuideachadh gu eòlas a chur air faireachdainn de shoirbheachadh agus na h-adhbharan airson an soirbheis a thuigsinn. Tha curraicealam ar cloinne air a shaidhbhreachadh tro thabhartasan fìor èifeachdach chom-pàirteachasan air an taghadh le cùram. Còmhla, tha sinn gu soirbheachail a' planadh agus a' libhrigeadh chothroman buntainneach fìor-beatha airson clann òg an sgilean leasachail a chur an sàs. Tha sinn air raon fhreagarrach de chom-pàirteachasan àrd-èifeachdach a stèidheachadh le pàrantan/luchd-cùraim agus leis a' choimhearsnachd fharsaing airson cultar iomairteach a bheathachadh.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha an curraicealam làithreach agus buntainneach do chlann. Tha e air fhiosrachadh le luachan is creideasan co-roinnte mu dheidhinn mar a tha clann òg ag ionnsachadh. • Tha tuigse làidir aig luchd-cleachdaidh uile do chudromachd cluiche agus an àite ann an cur taic ri eòlasan cluiche chloinne. • Tha gach neach a' tuigsinn na tha an suidheachadh a' feuchainn ri choileanadh tro dheilbh a' churraicealaim a tha iad a' tairginn. • Tha luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean uile àrd-amasach agus a' dùileachadh ìrean àrda adhartais agus coileanaidh do chlann uile. • Tha ionnsachadh proifeiseanta agus obair cholaisteach air am prìomhachadh an taobh a-staigh an t-suidheachaidh. • Tha eòlas nuadh-aimsireil luchd-cleachdaidh air feallsanachd teagaisg tràth-ionnsachaidh, follaiseach anns gach taobh de chleachdadh an taobh a-staigh an t-suidheachaidh. • Tha cuimse shoilleir air leasachadh sgilean chloinne ann an tràth-ionnsachadh cànan agus matamataig. • Tha planadh airson adhartais ann an ionnsachadh chloinne na àite agus tha leantailachd is adhartas ann an ionnsachadh air fhaotainn do chlann an taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-suidheachaidh. • Tha sinn a' cruthachadh chothroman saidhbhir agus brìoghmhor do ar clann gu bhith nan com-pàirtichean gnìomhach sa choimhearsnachd. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè na dòighean sa bheil sinn a' co-roinn adhbhar frèam a' churraicealaim againn le clann, pàrantan, luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean? Dè an diofar a tha seo a' dèanamh do ar cleachdadh? • Dè an fhianais a th' againn gu bheil ar clann a' leasachadh seasamh deimhinneach do dh'ionnsachadh? • Ciamar a tha luchd-cleachdaidh a' dùbhlachadh agus a' cur taic ri mar eisimpleir, cruthachalachd agus fuasgladh cheistean le clann òg? Ciamar a tha iad a' dol an sàs ann an deasbad agus dè na h-eisimpleirean a th' ann de seo ag obair math ann an cleachdadh? • A bheil clann gu cunbhalach an sàs ann an luachadh an eòlasan cluiche agus an urrainn dhaibh iomradh a dhèanamh air na tha iad ag ionnsachadh? Dè tha sinn a' dèanamh leis an fhiosrachadh seo? Dè na h-atharrachaidhean a dh'fhaodadh sinn a dhèanamh gus seo a chleachdadh ann an dòigh nas èifeachdaiche? • Nar n-obair le co-obraichean ann an suidheachaidhean agus roinnean eile, dè an ìre gu bheil sinn a' cuimseachadh air tuigse cho-roinnte de leantailachd agus adhartas ann an ionnsachadh? Dè na rèiteachaidhean a th' ann airson ionnsachadh chloinne a cho-roinn tarsainn mar eisimpleir, tràth-ìre a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais? • Dè tha sinn a' dèanamh airson faireachdainn de bhuntainn pàiste a bhrosnachadh, agus an eòlas a mheudachadh an taobh a-staigh na coimhearsnachd fharsaing aca?

Cuspairean

Ionnsachadh agus conaltradh
Càileachd eadar-obrachaidhean
Cleachdadh èifeachdach air measadh
Planadh, tracadh agus sgrùdadh

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air dèanamh cinnteach à eòlasan ionnsachaidh àrd-chàileachdail do chlann òg. Tha e a' togail air cudromachd deagh thuigse do leasachadh chloinne agus feallsanachd teagaisg tràth-ionnsachaidh. Tha cleachdadh èifeachdach ga dhèanamh de dh'amharc gus ionnsachadh teachdail fhiosrachadh agus an t-adhartas a tha dèante a chomharrachadh. Tha clann an sàs ann am planadh airson an ionnsachaidh fhèin. Le chèile, tha iad sin a' dèanamh cinnteach gu bheil an fheum as àirde ga dhèanamh de shoirbheasan agus coileanaidhean chloinne.

Ionnsachadh agus conaltradh

- Tha feallsanachd agus cultar ar suidheachaidh a' taisbeanadh dealas làidir a thobh còraichean chloinne. Tha dàimhean deimhinneach air fad. Tha clann uile a' faireachdainn luachmhor, sàbhailte agus tèarainte. Mar thoradh air an sin, tha iad soirbheachail, misneachail agus cunntachail. Tha clann a' cur gu h-èifeachdach ris an t-suidheachadh agus a choimhearsnachd ann an dòighean gnothaicheil agus ùr-ghnàthach. Tha iad a' gabhail tlachd à agus gu gnìomhach an sàs ann an ionnsachadh tro chothroman cluiche fèin-thoileach, cluich air a dheagh phlanadh, gnothaicheil agus tro eòlasan beatha buntainneach. Tha iad àrd-thogarrach agus air an làn tharraing leis an raon de dh'eòlasan is chothroman saidhbhir dùbhlach a tha air an tairgsinn an dà chuid a-staigh agus a-muigh. Tha eòlasan ionnsachaidh a' leasachadh agus a' cumail suas ùidh chloinne, gan cuideachadh a' tighinn gu co-dhùnaidhean agus a' leasachadh gu math an cruthachalachd, am fulangas agus an neo-eisimeileachd. Tha clann a' dèanamh roghainnean fiosraichte mu an ionnsachadh fhèin agus tha prìomh àite aca ann an stiùireadh an ionnsachaidh fhèin an taobh a-staigh àrainneachd bheathachail thaiceil.

Càileachd eadar-obrachaidhean

- Tha thuigse glè mhath againn do leasachadh chloinne agus feallsanachd teagaisg tràth-ionnsachaidh agus tha sinn gu sgileil a' cur seo an gnìomh. Tha dàimhean blàtha freagairteach againn le leanabain, pàistean agus clann òg, a' cruthachadh àrainneachd dheimhinneach airson coileanaidh. Tha sinn a' cleachdadh ceasnachadh sgileil agus ag eadar-obrachadh ann an dòigh fhaireachdainneil, fhreagairteach agus bhrosnachail gus feòrachas, neo-eisimeileachd agus misneachd adhartachadh. Tha sinn ag èisteachd gu h-èifeachdach ri clann agus tha fios aca gu bheil spèis ann do am beachdan agus a' gnìomhachadh orra. Tha ùine agus farsaingeachd aig clann an ùidhean a leantainn agus an ionnsachadh fa leth a dhoimhneachadh. Tha ionnsachadh air a shaidhbheachadh agus a' faighinn taic bho ar cleachdadh èifeachdach air teicneòlasan didseatach.

Cleachdadh èifeachdach air measadh

- Nar suidheachadh, tha aithne fìor mhath aig luchd-cleachdaidh air clann fa leth mar luchd-ionnsachaidh. Mar sgioba, tha luchd-cleachdaidh a' dèanamh feum glè mhath de dh'amharcan àrd-chàileachdail agus eadar-obrachaidhean gus breithneachaidhean ceart a dhèanamh air an adhartas a tha dèante le leanabain, pàistean agus clann òg. Tha amharcan gan cleachdadh gus eadar-theachdan timeil agus iomchaidh agus ionnsachadh san àm ri teachd, fhiosrachadh. Tha ar modh-obrach a thaobh glacadh agus clàradh adhartais agus coileanaidhean chloinne aig prìomh amannan, a' solarachadh fianais earbsach a tha a' leantainn gu leasachadh cudromach ann an ionnsachadh agus builean leasachail do chlann. Tha modhan-obrach co-rèireach agus làimhseachail. Tro bhith a' labhairt ri co-obraichean an taobh a-staigh agus taobh a-muigh ar suidheachaidh, tha thuigse cho-roinnte againn de dh'adhartas agus coileanaidhean chloinne mar a bhios iad a' fàs agus ag ionnsachadh. Tha dùilean àrda againn do ar clann uile. Tha luchd-cleachdaidh a' dèanamh feum fìor mhath de phròifilean ionnsachaidh gus taic a thoirt do chlann gu meòrachadh air an ionnsachadh. Tha pàrantan/luchd-cùraim a' faotainn fiosrachaidh cunbhalach agus nuadh-aimsireil, a' gabhail a-steach pròifilean ionnsachaidh mu adhartas agus coileanaidhean an cuid chloinne. Tha an dà chuid clann agus pàrantan/luchd-cùraim a' cur tabhartasan luachmhor ris na pròifilean sin. Tha ar modh-obrach iomlan a thaobh mheasaidhean a' cur taic ri eadar-ghluasadan èifeachdach do, tarsainn agus bho ar suidheachadh a tha a' neartachadh a' phròiseis ionnsachaidh.

Planadh, tracadh agus sgrùdadh

- Tha sinn a' planadh gu h-ìomchaidh thar diofar raointean-ama gus feumalachdan leanabain, pàistean agus clann òg a choileanadh, thar gach raon ionnsachaidh. Tha eòlasan planaichte ìomchaidh gu leasachail agus air am fighe gus feumalachdan ionnsachaidh fa leth chloinne uile a choileanadh. Tha luchd-cleachdaidh ag ùisneachadh dhòighean mac-meanmhainneach agus ìomchaidh airson clann a thoirt a-steach do phlanadh ionnsachaidh. Tha sinn a' cumail sùil air agus a' luachadh adhartais tarsainn a' churraicealaim gus ionnsachadh chloinne a leasachadh. Tha seo a' gabhail a-steach a' chlann sin a tha a' cothachadh ri dùbhlannan a bharrachd, mar eisimpleir clann air an coimhead às an dèidh agus iadsan a tha beò le cruadalas ionmhasail, gu h-àraid iadsan a tha nas so-leònte no le ana-cothroman. Tha sinn a' cleachdadh fiosrachaidh bho raon de fhreumhan gus èifeachdas eadar-theachdan a luachadh a tha air an deilbh airson builean a leasachadh do chlann uile agus an teaghlachan.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> Tha an àrainneachd ionnsachaidh air a togail air dàimhean deimhinneach, beathachail agus gu h-ìomchaidh dùbhlannach, a tha a' leantainn gu builean ionnsachaidh àrd-chàileachdail. Faodaidh clann labhairt mu dheidhinn an ionnsachaidh agus an coileanaidhean, le luchd-cleachdaidh agus comhaoisean. Tha luchd-cleachdaidh, clann agus pàrantan/luchd-cùraim a' roinn agus a' cleachdadh raon de fhiosrachadh measaidh gus feabhas a thoirt air ionnsachadh is leasachadh, agus meòrachadh air càileachd cleachdaidh. Tha measadh na phàirt iomlan de ionnsachadh is teagasg agus air a chleachdadh gu h-èifeachdach airson eòlasan àrd-chàileachdail a phlanadh do chlann uile. Tha amharcan àrd-chàileachdail a' gabhail àite gu nàdarach rè ghnìomhachdan is eadar-obrachaidhean làitheil. Tha sinn a' cleachdadh an eòlais againn de mar a tha clann ag ionnsachadh, mar eisimpleir sgeamaichean, nuair a thathar ag amharc air clann agus mar bhunait do phlanadh san àm ri teachd. Tha tracadh agus sgrùdadh air adhartas chloinne air a dheagh thuigsinn agus air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus builean leasaichte fhaotainn do chlann. Tha luchd-cleachdaidh a' dèanamh bhreithneachaidhean earbsach air adhartas chloinne agus a' freagairt gu luath gus a dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman ionnsachaidh a' coileanadh feumalachdan dhaoine fa leth. 	<ul style="list-style-type: none"> Dè cho math 's a tha sinn a' brosnachadh agus a' conaltradh le ar clann? Ciamar as urrainn don seo a bhith cunbhalach do chlann gach latha? Ciamar a tha fios againn gu bheil clann uile a' dèanamh adhartas glè mhath nan ionnsachadh? Dè am fiosrachadh a th' againn a-cheana agus dè th' againn ri fhaighinn a-mach fhathast? Dè cho math 's a tha sinn a' comasachadh chloinne gu bhith nan luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach agus a' leasachadh nan ceithir comasan? Dè an ìre gu bheil ar n-àrainneachdan ionnsachaidh a' cur taic ri diofar sheòrsaichean cluich? Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan planaidh, measaidh agus aithris, làimhseachail agus èifeachdach ann an leasachadh ionnsachadh is teagasg? Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan airson tracadh agus sgrùdadh, làimhseachail agus èifeachdach ann an leasachadh ionnsachadh agus teagasg? Dè cho math 's a tha sinn a' cur taic ri luchd-cleachdaidh ann an gabhail an dleastanas os làimh a thaobh luachadh adhartas chloinne? Dè cho math 's a tha am fiosrachadh a tha sinn a' tional mu adhartas chloinne, a' fiosrachadh ar planaidh 's ar leasachaidh? Dè cho math 's a tha clann air an comasachadh gu stòrasan agus uidheam àrd-chàileachdail a thaghadh agus a chleachdadh, nam measg teicneòlasan didseatach?

Cuspairean

Taic uile-choitcheann
Dreuchd luchd-cleachdaidh agus stiùirichean
Comharrachadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic cuimsichte
Glusad bhacaidhean gu ionnsachadh

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air solar taic àrd-chàileachdail a tha a' comasachadh chloinne uile gu soirbheas a choileanadh. Tha e a' togail air cudromachd sunnd agus a bhith a' toirt clann agus an teaghlaichean an sàs ann an tighinn gu co-dhùnaidhean mu mar am bu chòir dèiligeadh le am feumalachdan. Tha com-pàirteachasan làidir le pàrantan/luchd-cùraim agus càch a tha a' cur taic ri clann, deatamach. Tha sgrùdadh cùramach air clann, gu h-àraid iadsan a tha nas so-leònte no fo anacothrom, a' dèanamh cinnteach à taic èifeachdach agus tràth a' leantainn gu builean deimhinneach.

Taic uile-choitcheann

- Nar suidheachadh, tha clann a' faotainn taic uile-choitcheann àrd-chàileachdail. Tha am feumalachdan aig teis-meadhain ar pròiseasan planaidh agus ath-sgrùdaidh. Tha dùilean àrda againn do ar clann. Tha luchd-cleachdaidh ag obair glè mhath le pàrantan/luchd-cùraim gus làn chunntas a ghabhail de dh'eòlasan chloinne, ùidhean agus dòighean ionnsachaidh fa leth. Tha sinn ag obair gu dlùth le pàrantan/luchd-cùraim gus gnìomhachdan ionnsachaidh agus stòrasan a mhaidseadh gu h-èifeachdach ri aois, feumalachdan agus comasan chloinne fa leth. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ar leanabain, pàistean agus clann òg a' faotainn buannachd bho rannsachadh agus conaltradh le stuthan nàdarra, a' gabhail a-steach coinneachadh làitheil le nàdar agus ionnsachadh a-muigh. Tha modh-obrach prìomh-obraiche èifeachdach agus stèidhichte againn, a' freagairt gu math do fheumalachdan fa leth chloinne, ag adhartachadh agus a' cur taic ri an sunnd. An taobh a-staigh ar suidheachaidh, tha eadar-obrachaidhean cunbhalach aig gach pàiste, agus far a bheil e iomchaidh gu leasachail, còmhraidhean ionnsachaidh le inbheach taiceil a tha eòlach orra. Tha gnìomhan-obrach, stòrasan agus eòlasan aig an ìre cheart gus clann a chuideachadh gu adhartas seasmhach a dhèanamh. Far a bheil e iomchaidh, tha targaidean ionnsachaidh nan àite a tha sònraichte do chlann fa leth. Tha iad sin a' togail air ionnsachadh ro-làimh, air an ath-sgrùdadh agus air an luachadh le pàrantan/luchd-cùraim agus ath-cheumnanan freagarrach air an comharrachadh stèidhichte air adhartas a tha dèante. Tha ceanglaichean làidir leis an 'neach ainmichte' leithid obraichean-slàinte, ag adhartachadh ceangal fiosrachail agus cunbhalach eadar an suidheachadh agus teaghlaichean.

Dreuchd luchd-cleachdaidh agus stiùirichean

- Nar suidheachadh, tha dreuchdan luchd-cleachdaidh air am mìneachadh 's air an tuigsinn gu soilleir. Tha leanabain a' soirbheachadh tro dhàimhean a tha cunbhalach, beathachail agus freagairteach. Tha pàistean air an coimhead às an dèidh gu mothachail agus air an cuideachadh gu sgileil gus am feumalachdan innse le an guth. Tha sinn gan solarachadh le cothromachd glè mhath de dh'eòlasan gus am misneachd agus an neo-eisimeileachd adhartachadh agus a leasachadh. Mar a bhios clann ag adhartachadh, tha sinn gu cunbhalach gan toirt a-steach agus a' toirt taic dhaibh ann an dèanamh cho-dhùnaidhean mu an ionnsachadh fhèin le bhith gan cuideachadh a' planadh agus a' luachadh an eòlasan fhèin. Tha sinn ag obair gu h-èifeachdach le pàrantan/luchd-cùraim, proifeiseantaich eile agus buidhnean com-pàirteachais gus a dhèanamh cinnteach gu bheil nithean a dh'fhaodadh bacadh a chur air an adhartas, air an comharrachadh agus air an làimhseachadh gu luath. Tha sinn gu cùramach a' sgrùdadh buaidh ar planaichean air clann fa leth. Tha luchd-cleachdaidh a' meudachadh an comais air feumalachdan iomadach ionnsachaidh is leasachaidh gach pàiste a choileanadh tro chleachdadh èifeachdach air ionnsachadh proifeiseanta, taic ionnsachaidh agus stòrasan speisealta.

Comharrachadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic cuimsichte

- Nar suidheachadh, tha feumalachdan chloinne air an comharrachadh tràth tro amharc cùramach agus anailis èifeachdach air fiosrachadh measaidh. Tha slatan-tomhais sunnd air an cleachdadh gus

measaidhean iomlanach air neartan agus feumalachdan taic chloinne a sholarachadh. Tha sinn a' dèanamh cinnteach à taic iomchaidh, co-chuideach agus timeil a' gabhail a-steach in-chur speisealta far a bheil feum air. Tha sinn a' cumail gu dlùth ri riatanasan reachdail agus a' solarachadh clann uile aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd le taic cuimsichte àrd-chàileachdail, a' gabhail a-steach clann àrd-chomasach. Tha clann, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean an sàs gu h-iomlan ann an co-dhùnaidhean mu ionnsachadh agus taic. Tha eadar-theachdan cuimsichte èifeachdach agus a' leantainn gu builean deimhinneach do chlann.

Toirt air falbh bacaidhean gu ionnsachadh

- Nar suidheachadh, tha luchd-cleachdaidh a' gabhail cheumannan deimhinneach agus for-ghnìomhach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil bacaidhean san amharc gu ionnsachadh agus leasachadh air an lùghdachadh chun na h-ìre as ìsle. Tha luchd-cleachdaidh àrd-fhreagairteach don t-suidheachadh teaghlach aig ar clann uile, gu h-àraid iadsan a tha so-leònte, fo anacothrom no air an coimhead às an dèidh, a' gabhail a-steach iadsan beò ann an cruadalas ionmhasail. Tha an luchd-cleachdaidh againn sgileil ann an comharrachadh agus a cur taic ri clann le dùbhlanan sònraichte. Tha clann uile le ciorram, cùis slàinte no feumalachdan sòisealta no faireachail a' faotainn taic cuimsichte àrd-chàileachdail. Tha sinn ag obair gu dlùth le prìomh chom-pàirtichean gus bacaidhean gu ionnsachadh a thoirt air falbh, agus a' solarachadh àrainneachd ionnsachaidh in-ghabhalach agus bheathachail.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha taic uile-choitcheann agus cuimsichte air a làn fhighe a-steach. Tha buaidh dheimhinneach aige air adhartas agus leasachadh chloinne. • Tha dùilean àrda do chlann uile tarsainn ar suidheachaidh. • Tha planaichean fa leth àrd-chàileachdail aig clann le feum air taic a bharrachd. Tha sgrùdadh agus lèirmheas cùramach a' dèanamh cinnteach gu bheil buaidh dheimhinneach aig ro-innleachdan taic comharraichte air ionnsachadh agus leasachadh. • Tha feumalachdan chloinne air an comharrachadh tro phròiseasan measadh làidir. Tha sinn gu cunbhalach agus gu h-èifeachdach a' toirt phàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean eile an lùib tional fiosrachaidh tro amharcan, planadh cùramach agus ath-sgrùdadh taic do chlann. • Tha Plana Pàiste èifeachdach aig gach pàiste. Tha modhan-obrach com-pàirteachais èifeachdach follaiseach ann am planaichean taic agus eadar-theachdan. • Tha luchd-cleachdaidh uile ag obair gu h-èifeachdach gus buaidh bhacaidhean gu ionnsachadh san amharc, a lùghdachadh. • Tha luchd-cleachdaidh a' meòrachadh air an cleachdadh fhèin agus a' co-obrachadh le càch gus an comas a leasachadh air feumalachdan chloinne uile nan cùram a choileanadh. • Tha adhartas ar clann uile air ath-sgrùdadh gu h-èifeachdach, a' gabhail a-steach iadsan le feumalachdan taic a bharrachd. Tha fianais earbsach agus dligheach a' cur taic ris a' phròiseas seo. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha aithne againn air ar clann, agus an teaghlachan? Ciamar a tha sinn a' cleachdadh an eòlais sin gus clann a chuideachadh ag adhartachadh nan ionnsachadh? • Ciamar a tha fios againn gu bheil luchd-cleachdaidh uile a' tuigsinn gu h-iomlan ar modhan-obrach gu taic pearsanaichte? A bheil luchd-cleachdaidh uile gu cunbhalach a' cleachdadh ro-innleachdan taic èifeachdach? Ciamar a tha fios againn gu bheil buaidh dheimhinneach aca? • Dè na rèiteachaidhean a tha nan àite gus a dhèanamh cinnteach gu bheil deasbadaan cunbhalach aig clann uile agus am pàrant/neach-cùraim leis a' phrìomh obraiche aca gus an adhartas ath-sgrùdadh agus an ionnsachadh a phlanadh? Ann an dèanamh seo, dè an diofar a tha seo a' dèanamh air ionnsachadh agus leasachadh chloinne? • A bheil luchd-cleachdaidh comasach air ìrean èifeachdach trèanaidh agus taic a ruighinn gus an comas fhèin a thogail, airson taic a chur ri feumalachdan iomadach chloinne fhad 's a tha iad a' fàs, ag ionnsachadh agus a' leasachadh? • Dè cho math 's a tha ar planadh curraicealaim a' coileanadh nam feumalachdan aig diofar bhuidhnean chloinne? • Dè an ìre gu bheil sinn a' toirt pàrantan/luchd-cùraim agus buidhnean com-pàirteachais an sàs gus a dhèanamh cinnteach gu bheil clann uile a' faotainn buannachd bhon taic cheart aig na h-amannan ceart?

Cuspairean

A' toirt teaghlaichean an sàs ann an ionnsachadh
Eadar-theachd agus bacadh tràth
Càileachd phrògraman ionnsachaidh teaghlaich

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air buaidh deimhinneach a mheudachadh an lùib a bhith ag obair le teaghlaichean gus an ionnsachadh agus an coileanadh a leasachadh. Tha an cuideam air suidheachaidhean ionnsachaidh is cùram-chloinne uile a tha ag obair ann an com-pàirteachas le càch sa choimhearsnachd gus taic a chur ri teaghlaichean gu builean nas fheàrr fhaotainn tro phrògraman, a tha gan comasachadh litearrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd a leasachadh.

Toirt teaghlaichean an sàs ann an ionnsachadh

- Tha ar suidheachadh a' cur luach air an tabhartas a tha pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean a' cur ri ionnsachadh chloinne. Tha sinn air dàimhean deimhinneach a stèidheachadh a tha air an àrach gus taic a chur ri misneachd agus fèin-luach ann an teaghlaichean. Tha taic uile-choitcheann ri fhaotainn leis na h-uile. Far a bheil e iomchaidh, tha barrachd taic cuimsichte air a thairgsinn do theaghlaichean a tha gan comasachadh a dhol an sàs ann am measgachadh de chothroman ionnsachaidh a tha a' coileanadh am feumalachdan fa leth. Tha luchd-cleachdaidh ag obair gus taic a chur ri clann agus teaghlaichean agus tha iad freagarichte do shuidheachadh theaghlaichean, leithid cunnart air anacothrom, bochdainn, teaghlaichean fo bhuaidh prìosain, Beurla mar dhàrna cànan no cùisean slàinte inntinneil. Tha cothroman cunbhalach aig teaghlaichean am feumalachdan ionnsachaidh a dheasbad ann an àrainneachd far a bheil iad a' faireachdainn air an luach agus a' faotainn spèis. Tha cothroman èifeachdach do ar teaghlaichean gus coileanadh pearsanta fhaireachdainn air an leasachadh 's air am brosnachadh gu gnìomhach. Tha pàrantan/luchd-cùraim a' faotainn taic gus a dhol an sàs gu cunbhalach agus gu brioghmhor ann an ionnsachadh an cuid chloinne san dachaigh agus an taobh a-staigh suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Tha an luchd-cleachdaidh againn ag obair ann an com-pàirteachas le pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean gus bacaidhean san amharc gu conaltradh a lùghdachadh agus buaidh fhaighinn air anacothrom. Tha iad gu faireachdainneil a' freagairt do shuidheachadh theaghlaichean fa leth.

Eadar-theachd tràth agus bacadh

- Tha an luchd-cleachdaidh againn a' strì ri dàimhean spèiseil a chruthachadh, modh-obrach deimhinneach gun chumhachan agus dàimhean làidir deimhinneach le teaghlaichean, bhon chiad choinneachadh. Tha na dàimhean sin a' cur taic ri obair bacail agus an eadar-theachd as tràithe a ghabhas a dhèanamh. Tha sinn a' co-chomhairleachadh le pàrantan/luchd-cùraim agus ag obair ann an com-pàirteachas le seirbheisean eile gus fiosrachadh buntainneach a cho-roinn mu fheumalachdan theaghlaichean fa leth agus cùisean a' toirt buaidh air a' choimhearsnachd. Tha sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus dèanamh cinnteach à eadar-theachdan timeil iomchaidh. Tha feumalachdan gan comharrachadh agus gan ath-sgrùdadh ann an co-chomhairle le teaghlaichean agus com-pàirtichean. Tha na teaghlaichean againn nan com-pàirtichean gnìomhach ann an aontachadh bhuilean san amharc dhaibh fhèin, agus tha sinn a' cur taic riutha gu raointean-ama ciallach a shuidheachadh, airson an amasan a choileanadh. Tha ar modhan-obrach com-pàirteachais a' dèanamh cinnteach à seirbheis làidir do theaghlaichean an taobh a-staigh an coimhearsnachd ionadail. Tha teaghlaichean a' faighinn buannachd às a' cho-obrachadh làidir a th' againn le co-obraichean bho roinnean eile gus dèanamh cinnteach à iomraidhean iomchaidh gu agus bho sheirbheisean. Tha na conaltradhean sin a' cuideachadh le misneachd, earbsa agus spèis a thogail, Tha builean air an tracadh rè ùine.

Càileachd phrògraman ionnsachaidh teaghlaich

- Tha ar prògraman ionnsachaidh teaghlaich a' cur ri cultar ionnsachaidh an taobh a-staigh an teaghlaich. Tha iad a' solarachadh chothroman do phàrantan/luchd-cùraim agus clann gu bhith ag ionnsachadh còmhla a thuilleadh air ionnsachadh bho phàrant/neach-cùraim a-mhàin. Tha teaghlaichean an sàs gu h-iomlan agus a' com-pàirteachadh nuair a ghabhas e a dhèanamh ann an deilbh agus libhrigeadh phrògraman. Tha ar prògraman brosnachail, dùbhlach, buntainneach agus tlachdmhor. Tha sinn a' co-chomhairleachadh le teaghlaichean gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh am feumalachdan a thaobh litearrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd agus builean ionnsachaidh farsaing teaghlaich. Tha deilbh agus libhrigeadh ar prògraman a' cur taic ri teaghlaichean tro atharrachaidhean agus aig àm roghainnean. Tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh ionnsachadh fad-beatha don teaghlach gu h-iomlan agus do gach neach-ionnsachaidh fa leth anns gach teaghlach. Tha ar teaghlaichean air an co-chomhairleachadh ann an dòigh bhrioghmhor aig deireadh cùrsa no prògram sam bith, mu dheidhinn na h-ath cheumannan aca. Mar thoradh air na prògraman ionnsachaidh teaghlaich againn, tha àrd-amasan aig teaghlaichean mar dhaoine fa leth agus mar theaghlach. Tha faireachdainn de shoirbheachadh aca agus tha soirbheasan air an clàradh agus air an comharrachadh.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha modhan-obrach cruthachail, a tha air an deagh fhreagradh do fheumalachdan theaghlaichean, air an cleachdadh gus conaltradh ri teaghlaichean fhad 's a tha iad ann an ceangal leis an t-suidheachadh. • Tha ionnsachadh teaghlaich ag adhartachadh co-ionannachd agus iomadachd. Tha modhan-obrach a' sireadh air na h-uile a ghabhail a-steach, gu h-àraid iadsan a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh le bacaidhean do am pàirt ann. • Tha cha mhòr na h-uile a tha an sàs ann am prògraman ionnsachaidh teaghlaich, air an àrd-bhrosnachadh agus gu gnìomhach an sàs nan ionnsachadh is leasachadh fhèin. • Tha modhan ionnsachaidh teaghlaich a' gabhail cunntas air ìrean leasachail chloinne san teaghlach. • Tha cothroman ionnsachaidh teaghlaich a' cuideachadh phàrantan gu a' bhuaidh chudromach a tha aig àrainneachd ionnsachaidh dachaigh aig gach ìre de fhoghlam an cuid chloinne, a thuigsinn. Tha iad ag aithneachadh agus a' toirt an fheum as fheàrr à cothroman ionnsachaidh làitheil. • Tha modhan ionnsachaidh teaghlaich a' coimhead ri dèiligeadh le feumalachdan ionnsachaidh phàrantan fhèin ann an raointean mar litearrachd agus àireamhachd, agus gan uidheamachadh leis na sgilean agus an t-eòlas air a bheil feum aca gus taic a chur ri an cuid chloinne tron fhoghlam aca. • Tha sinn ag obair còmhla ri càch gus a thaisbeanadh gu bheil cothroman beatha theaghlaichean a tha a' dèiligeadh ri dùbhlanan sònraichte, air an leasachadh mar thoradh air am pàirt ann an ionnsachadh teaghlaich. • Tha fianais a' nochdadh gu bheil leasachadh nan slàinte agus sunnd aig a' mhòrchuid de luchd-ionnsachaidh. • Tha teaghlaichean a' gabhail pàirt ann an luachadh buaidh a bhith an sàs ann am prògraman agus ann am planadh nan ath cheumannan. • Tha com-pàirteachasan èifeachdach againn le raon de bhuidhnean a' cur taic ri ionnsachadh teaghlaich an taobh a-staigh ar suidheachaidh. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè tha sinn a' dèanamh gus conaltradh gu brioghmhor le teaghlaichean, a' gabhail cunntas air suidheachaidhean fa leth? • Dè na modhan-obrach a tha sinn a' cleachdadh agus dè an ìre gu bheil sinn a' toirt teaghlaichean an sàs ann an cothroman planaidh gus am feumalachdan ionnsachaidh a choileanadh? • Dè an ìre gu bheil luchd-cleachdaidh a' tuigsinn nan slatan-tomhais sunnd agus mar a ghabhas buaidh dheimhinneach a bhith aca air clann agus teaghlaichean? • Dè tha sinn a' dèanamh gus teaghlaichean a thoirt an sàs ann an luachadh buaidh phrògraman, a' gabhail cunntas air ìrean leasachail chloinne? • Ciamar a tha fios againn a bheil builean chloinne a' dol am feabhas mar thoradh air an com-pàirteachaidh ann an ionnsachadh teaghlaich? • Ciamar as urrainn dhuinn a thaisbeanadh gu bheil teaghlaichean a' faireachdainn in-ghabhalach agus gu bheil iad a' com-pàirteachadh, a' coileanadh agus ag adhartachadh? • Ciamar a tha an t-ionnsachadh teaghlaich againn a' cur taic ri adhartas theaghlaichean a thaobh slatan-tomhais sunnd <i>GIRFEC</i>? Ciamar a tha fios againn? • Dè an fhianais a th' againn gu bheil ar com-pàirteachasan le càch làidir agus a' cur taic ri ionnsachadh teaghlaich? • Dè tha sinn a' dèanamh airson a bhith gu gnìomhach ag adhartachadh co-ionannachd agus iomadachd? • Dè tha sinn a' dèanamh airson bacaidhean gu com-pàirteachadh ann am prògraman ionnsachaidh teaghlaich, a chomharrachadh agus a cheannsachadh? • Dè tha sinn a' dèanamh airson dèiligeadh le feumalachdan ionnsachaidh phàrantan/luchd-cùraim fhèin, ann an raointean mar litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd?

Cuspairean

Càileachd taic do chlann agus an teaghlaichean
Planadh is libhrigeadh co-obrachail
Leantalachd agus adhartas ann an ionnsachadh

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air an fheum aig leanabain, pàistean agus clann òg a bhith a' faotainn taic aig amannan eadar-ghluasad. Tha seo a' gabhail a-steach gluasad a-steach do agus a-mach à suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne, ach cuideachd a' gabhail a-steach eadar-ghluasadan mar a tha clann a' gluasad tro dhiofar rumannan no ìrean ionnsachaidh. Tha conaltradh èifeachdach agus obair com-pàirteachais a' cur taic ri rèiteachaidhean eadar-ghluasaid shoirbheachail. Tha pròiseasan fìor mhath airson tracadh agus clàradh adhartais agus rèiteachaidhean èifeachdach gus iad sin a roinn, deatamach airson leantalachd curraicealaim agus adhartas ann an ionnsachadh.

Càileachd taic do chlann agus an teaghlaichean

- Nar suidheachadh, tha luchd-cleachdaidh gu cùramach a' cur taic ri clann agus teaghlaichean gu bhith a' dèanamh eadar-ghluasadan soirbheachail nuair a thòisicheas iad an toiseach, agus mar a tha iad a' gluasad gu ìre eile ionnsachaidh no gu suidheachadh ùr. Tha sinn a' tuigsinn cudromachd a bhith a' togail dhàimhean agus a' leasachadh cheanglaichean tèarainte. Tha eadar-ghluasadan air an làimhseachadh gu faireachail agus tha iad nan tachartasan deimhinneach do chlann agus an teaghlaichean. Tha sinn a' gabhail deagh chunntas air feumalachdan fa leth cùraim agus taic gach leanaban, pàiste agus neach òg agus an teaghlaichean. Tha sinn a' cur luach agus a' togail air an ionnsachadh a tha a' gabhail àite mus tòisich leanaban, pàiste no neach òg san t-suidheachadh againn. Tha sinn a' gabhail ri buaidh tachartasan beatha agus a' solarachadh taic èifeachdach gus cuideachadh aig na h-amannan sin, a' dèanamh atharrachaidhean mar a bhios riatanach gus dèanamh cinnteach à cothromachd do gach pàiste nuair a tha iad a' frithealadh an t-suidheachaidh agus nuair a tha iad a' gluasad gu suidheachadh eile. Tha rèiteachaidhean èifeachdach nan àite gus teaghlaichean agus buidhnean buntainneach a thoirt an sàs ann am planadh mhodhan-obrach pearsanaichte gu cùramach dhaibhsan aig a bheil feum air ùine agus taic a bharrachd. Tha sinn a' solarachadh taic fìor èifeachdach do ar clann nuair a tha roinn aca ann an suidheachadh eile. Tha ar luchd-cleachdaidh a' dèanamh cheanglaichean èifeachdach agus a' conaltradh leis an t-suidheachadh eile gus dèanamh cinnteach à leantalachd ann an ionnsachadh agus cùram.

Planadh agus libhrigeadh co-obrachail

- Tha rèiteachaidhean eadar-ghluasad farsaing agus air an deagh phlanadh, nan àite. Tha iad sin a' cuideachadh chloinne agus teaghlaichean gu eadar-ghluasadan glè dheimhinneach agus soirbheachail a dhèanamh. Tha sinn ag obair gu gnìomhach ann an com-pàirteachas le càch, a' gabhail a-steach an neach ainmichte, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil rèiteachaidhean eadar-ghluasaid èifeachdach do chlann uile, gu h-àraid iadsan aig a bheil feum air taic a bharrachd. Airson clann aig a bheil feum air taic a bharrachd, tha seo air a chlàradh gu soilleir anns a' Phlana Chloinne. Tha sinn ag èisteachd ri agus a' cur an gnìomh beachdan phàrantan/luchd-cùraim agus chloinne, nuair a thathar a' planadh agus a' luachadh eadar-ghluasadan. Tha na rèiteachaidhean againn a thaobh toirt seachad fiosrachaidh a' dèanamh cinnteach à leantalachd ionnsachaidh agus tha sinn air modhan-obrach co-roinnte aontachadh airson cumail chlàran. Tha sinn a' gabhail a-steach ar com-pàirtichean, suidheachaidhean agus buidhnean eile anns an ath-sgrùdadh cunbhalach agus san luachadh air buaidh ar rèiteachaidhean eadar-ghluasaid.

Leantalachd agus adhartas ann an ionnsachadh

- Tha prògraman eadar-ghluasaid a' togail air ionnsachadh ro-làimh airson taic a chur ri leantalachd agus adhartas curraicealaim gus feumalachdan chloinne uile a choileanadh. Tha sinn a' toirt dlùth-àire do dh'adhartas leantainneach ann an ionnsachadh agus sunnd chloinne fhad 's a tha iad a' dol tro an turas ionnsachaidh tarsainn ar suidheachaidh agus a-steach gu prìomh a h-aon. Tha sinn gu cùramach

agus gu mionaideach a' clàradh taobhan de dh'adhartas chloinne nan leasachadh is ionnsachadh agus a' roinn an fhiosrachaidh seo gu h-èifeachdach le pàrantan/luchd-cùraim agus prìomh chom-pàirtichean. Tha sinn a' cleachdadh chothroman air am planadh le càch, a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh agus pàrantan/luchd-cùraim eile, gus tuigse cho-roinnte a leasachadh de dh'adhartas agus feallsanachd teagaisg stèidhichte air cluich tarsainn gach ìre. Mar thoradh air an sin, tha clann a' faotainn buannachd bho leantailachd brìoghmhor nan eòlasan ionnsachaidh fhad 's a tha iad a' gluasad air adhart don sgoil.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha pàrantan/luchd-cùraim (far a bheil sin iomchaidh) gu gnìomhach an sàs còmhla ri luchd-cleachdaidh ann am planadh agus stiùireadh faireachdainneil air eadar-ghluasadan, gus feumalachdan ionnsachaidh agus faireachail chloinne a choileanadh. • Tha pròiseasan soilleir co-roinnte nan àite airson iomlaid air fiosrachadh buntainneach mu fheumalachdan cùraim agus taic chloinne, sgilean, ionnsachadh agus coileanaidhean tarsainn a' churraicealaim. • Tha fiosrachadh mu ionnsachadh agus coileanaidhean chloinne, gu h-àraid ann am prìomh raointean tràth litearrachd, àireamhachd is slàinte agus sunnd, air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach à leantailachd ann an ionnsachadh do chlann uile, tarsainn a' churraicealaim? • Tha cothroman air am planadh a' comasachadh luchd-cleachdaidh a thighinn còmhla gus tuigse cho-roinnte a leasachadh de dh'adhartas agus feallsanachd teagaisg aig gach ìre agus tarsainn na tràth-ìre. • Tha luachaidhean neo-eisimeileach a tha a' sireadh agus a' freagairt beachdan phàrantan/luchd-cùraim, chloinne agus chom-pàirtichean air an cleachdadh gus rèiteachaidhean eadar-ghluasaid agus prògraman a leasachadh agus fheabhasachadh. • Tha conaltradh agus planadh èifeachdach a' comasachadh leantailachd cùraim is ionnsachaidh do chlann a tha ag inntrigeadh barrachd na aon suidheachadh ELC. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdach 's a tha ar pròiseasan airson clann ùr a shuidheachadh, a' toirt taic dhaibh agus do am pàrantan/luchd-cùraim gu fàs cleachdte ri an suidheachadh? Tòiseachadh a' leasachadh dhàimhean dlùth deimhinneach, agus leantailachd ann an coileanadh am feumalachdan cùraim agus ionnsachaidh? • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann an conaltradh le pàrantan/luchd-cùraim, clann agus buidhnean eile gus dealbh shoilleir a thogail den phàiste? • Dè cho math 's a tha sinn ag obair le pàrantan/luchd-cùraim gus a dhèanamh cinnteach gu bheil eadar-ghluasadan air am pearsanachadh, air am planadh ro-làimh agus air an làimhseachadh gu faireachdainneil? Ciamar a tha sinn a' cur taic ri pàrantan/luchd-cùraim gu fàs cleachdte ri atharrachadh aig prìomh amannan de eadar-ghluasaid? • Ciamar a tha sinn a' cur taic ri clann gus seasamh deimhinneach a leasachadh a thaobh atharrachaidh, agus dàimhean ùra a chruthachadh gus dèanamh cinnteach à leantailachd fhad 's a tha iad a' gluasad tron t-suidheachadh? • Dè na dòighean sa bheil fiosrachadh bho iomraidheadh agus planadh ionnsachaidh pearsanta, a' dèanamh cinnteach à leantailachd agus astar iomchaidh adhartais ann an ionnsachadh do chlann uile? • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' cleachdadh fiosrachadh eadar-ghluasaid airson ionnsachadh adhartach agus slighean leasachail a phlanadh do chlann uile? • Dè na h-eisimpleirean a th' againn de eadar-ghluasadan a bhith gan atharrachadh gus freagairt air feumalachdan agus suidheachaidhean fa leth? Dè an diofar a tha seo air a dhèanamh do chlann agus teaghlaichean? • Dè an ìre gu bheil sinn a' deasbad sgilean fàis chloinne ann an litearrachd, àireamhachd is slàinte agus sunnd, fhad 's a tha iad a' gluasad bho aon suidheachadh gu suidheachadh eile no aig àm inntrigidh don bhun-sgoil? • Dè cho math 's a tha sinn ag obair le pàrantan/luchd-cùraim agus le com-pàirtichean ann am buidhnean eile gus eadar-ghluasadan a phlanadh do chlann, aig a bheil feum air taic a bharrachd?

Cuspairean

Conaltradh le pàrantan agus luchd-cùraim ann am beatha an t-suidheachaidh
Adhartachadh air com-pàirteachasan
Buaidh air clann agus teaghlaichean

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo ag amas air soirbheas an t-suidheachaidh a ghlacadh ann an leasachadh agus cumail suas mhodhan-obrach làidir com-pàirteachais, a tha a' leasachadh builean do leanabain, pàistean agus clann òg. Tha na com-pàirteachasan sin a' cur cuideachd ri leasachadh leantainneach air an t-suidheachadh agus a' choimhearsnachd. Tha com-pàirteachasan ùra uile stèidhichte air co-earbasa agus spèis don tabhartas sònraichte a tha gach com-pàirtiche a' toirt leis. Tha com-pàirteachasan làidir nam feart chumhachdach de shuidheachadh a tha àrd-èifeachdach.

Conaltradh ri pàrantan agus luchd-cùraim ann am beatha an t-suidheachaidh

- Tha com-pàirteachas àrd-èifeachdach againn ag obair le teaghlaichean, agus tha sin a' toradh ann an solar seasmhach àrd-chàileachdail do chlann. Tha teaghlaichean a' faireachdainn glè dhi-beathte agus a' gabhail pàirt gnìomhach ann am beatha an t-suidheachaidh. Tha ar com-pàirteachasan làidir le pàrantan/luchd-cùraim a' meudachadh conaltradh teaghlaich ann an leasachadh agus ionnsachadh chloinne, agus a' toirt buaidh dheimhinneach air an adhartas a tha clann a' dèanamh. Tha pàrantan agus luchd-cùraim a' tuigsinn an dleistanais as urrainn dhaibh a choileanadh agus tha iad a' faireachdainn air an cumhachdachadh gu cur ri co-dhùnaidhean. Tro an conaltradh gnìomhach, tha leasachadh glè fhollaiseach agus tha atharrachadh deimhinneach a' gabhail àite. Tha ais-fhiosrachadh àrd-chàileachdail gu pàrantan/luchd-cùraim a' dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail don diofar a tha an tabhartas aca a' dèanamh do dh'adhartas am pàiste agus do bheatha agus obair an t-suidheachaidh.

Adhartachadh chom-pàirteachasan

- Tha sinn a' gabhail làn chunntas de na buannachdan an lùib stèidheachadh agus cumail suas raon fharsaing de chom-pàirteachasan; ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha sinn a' cleachdadh iad sin gus builean deimhinneach a neartachadh do chlann. Mar thoradh air ar com-pàirteachasan èifeachdach, tha ar clann òg uile a' leasachadh sgilean beatha deimhinneach agus càil a thaobh ionnsachaidh. Tro obair com-pàirteachais èifeachdach, tha sinn a' feabhasachadh leasachadh agus ionnsachadh chloinne òg agus a' faotainn builean deimhinneach do chlann agus teaghlaichean sa choimhearsnachd againn. Tha com-pàirteachasan air conaltradh teaghlaich ann an ionnsachadh chloinne a mheudachadh, agus tha buaidh dheimhinneach aig a' chonaltradh seo air adhartas chloinne ann am prìomh raointean ionnsachaidh, a' gabhail a-steach slàinte agus sunnd, litearrachd agus àireamhachd.

Buaidh air clann agus teaghlaichean

- Tha clann òg a' faotainn buannachd bho thogradh meudaichte gu ionnsachadh bho an conaltradh le raon nas fharsaing de chom-pàirtichean. Tha pàrantan a' faotainn làn-fhiosrachadh mu adhartas agus coileanadh an cuid chloinne agus nas urrainn dhaibh a dhèanamh mar thaic dha. Tha iad gu mòr an sàs ann an ionnsachadh chloinne an taobh a-staigh an t-suidheachaidh, san dachaigh agus anns a' choimhearsnachd. Tha pàrantan a' tuigsinn na tha iad a' cur ri adhartas agus coileanadh na cloinne. Tha ais-fhiosrachadh àrd-chàileachdail gu pàrantan/luchd-cùraim a' dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail don diofar a tha an conaltradh a' dèanamh air beatha agus obair an t-suidheachaidh. Tha cultar cumhachdachaidh san t-suidheachadh a tha a' cur taic ri clann uile gu an comas a leasachadh gu bhith an sàs gu brioghmhor ann an co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh air an ionnsachadh. Tha clann a' faireachdainn ùghdaraichte agus a' cuideachadh gu h-èifeachdach. Tha iad misneachail agus a' faireachdainn comasach air iomairt agus dleastanas a chur an gnìomh. Tha ùidhean sònraichte chloinne agus càil a thaobh ionnsachaidh air an aithneachadh 's air am beathachadh.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha adhbhar, amasan, dreuchdan agus dleastanasan an taobh a-staigh obair com-pàirteachais, soilleir agus air an tuigsinn leis gach neach a tha an sàs annta. • Tha roinn air sgilean, fiosrachadh agus eòlas eadar chom-pàirtichean a' leasachadh bhùilean do chlann. • Tha com-pàirteachasan ag ionnsachadh bho chleachdadh èifeachdach ann an àiteachan eile. Tha cothroman ionnsachaidh proifeiseanta co-roinnte a' neartachadh comais. • Tha ais-fhiosrachadh bho chom-pàirtichean a' taisbeanadh dhàimhean làidir agus èifeachdach leis an t-suidheachadh. Tha pàirt chudromach aig an t-suidheachadh ann am beatha na coimhearsnachd ionadail. • Tha obair com-pàirteachais le seirbheisean eile a' taisbeanadh leasachaidhean ann am bùilean do chlann agus teaghlaichean. • Tha co-phlanadh agus co-luachaidhean air obair com-pàirteachais a' taisbeanadh an diofair dheimhinnich a tha co-obrachadh a' dèanamh agus air adhartas is coileanaidhean chloinne a shaidhbheachadh. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè tha sinn a' dèanamh mar thaic do theaghlaichean gu com-pàirteachadh ann, cur ri agus luach an conaltraidh a thuigsinn ann an ionnsachadh chloinne agus beatha an t-suidheachaidh? • Dè na ro-innleachdan a tha sinn a' cleachdadh gus ar n-obair le com-pàirtichean a chonaltradh, a phlanadh, a sgrùdadh agus a luachadh? • Ciamar a tha fios againn gu bheil ar taic do phàrantan/luchd-cùraim air leantainn gu tuilleadh conaltraidh ann an ionnsachadh chloinne an taobh a-staigh an t-suidheachaidh, san dachaigh agus sa choimhearsnachd fharsaing? • Dè am modh-obrach a tha sinn a' coileanadh gus a bhith gu gnìomhach a' sireadh, ag adhartachadh agus a' toirt freagairt deimhinneach do chom-pàirteachasan san amharc, a leanas gu bùilean nas fheàrr do chlann? • Dè tha sinn a' dèanamh gus sgilean, fiosrachadh agus eòlas a cho-roinn am measg chom-pàirtichean uile? A bheil sinn a' conaltradh ann an cothroman ionnsachaidh proifeiseanta co-roinnte le com-pàirtichean? • Dè cho math 's a tha sinn a' tuigsinn ar coimhearsnachd ionadail? Dè a' bhuidhe a tha aig ar com-pàirteachas leis a' choimhearsnachd air ar suidheachadh agus an sgìre ionadail? • Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil clann òg uile a' cur ri beatha an t-suidheachaidh? Dè na ro-innleachdan a thathar a' cleachdadh? • Dè cho math 's a tha sinn a' cur taic ri pàrantan/luchd-cùraim gus luach an conaltraidh ann an ionnsachadh chloinne, a thuigsinn? • Dè tha a' dèanamh ar com-pàirteachasan soirbheachail agus ciamar a tha sinn ag ionnsachadh bho na tha ag obair gu math? • Dè an fhianais a th' againn de an luach a bharrachd a tha obair com-pàirteachais a' cruthachadh agus an diofar a tha e a' dèanamh don chloinn againn?

Soirbheasan agus Coileanaidhean

Dè cho math 's a tha sinn air dèanamh cinnteach às na builean as fheàrr a ghabhas do ar clann?

3.1 Dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail

3.2 Dèanamh adhartas chloinne tèarainte

3.3 Leasachadh cruthachalachd agus sgilean airson beatha agus ionnsachadh

Cuspairean

Sunnd
Coileanadh dhleastanasan reachdail
In-ghabhail agus co-ionannachd

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' meòrachadh air modh-obrach an t-suidheachaidh a thaobh sunnd chloinne a tha aig cridhe an comais gu soirbheas a choileanadh. Tha e a' togail air an fheum air poileasaidhean agus cleachdaidhean a bhith gu tur stèidhichte ann an reachdas làithreach agus tuigse cho-roinnte de luach gach neach fa leth. Tha cuimse shoilleir air airidheachdan sunnd agus feartan air an dìon, a' cur taic ri clann uile gu bhith cho math 's as urrainn dhaibh a bhith agus a' comharrachadh an soirbheasan agus an coileanaidhean.

Sunnd

- Nar suidheachadh, tha sinn ag aithneachadh gu bheil dàimhean nan laighe aig cridhe leasachadh chloinne agus a' cur sìos bun-stèidh airson ionnsachadh agus sunnd fad-beatha. Tha adhartachadh sunnd do ar clann uile agus an teaghlaidhean aig cridhe gach nì a tha sinn a' dèanamh agus tha e bunaichte air co-spèis, ionracas agus earbsa. Tha ar modh-obrach a thaobh fhaighinn ceart do chlann uile, a' cuimseachadh air leasachadh bhuilean do chlann agus an teaghlaidhean. Tha sinn a' taisbeanadh giùlain a tha ag adhartachadh sunnd agus a tha ga bhrosnachadh ann an càch. Tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh sunnd ar cloinne uile agus is urrainn dhuinn a thaisbeanadh gu bheil iad a' faotainn taic airson a bhith a' faireachdainn sàbhailte, fallain, soirbheachail, oileanaichte, gnìomhach, measail, cunntachail agus in-ghabhalach. Tha gach neach a' co-roinn an uallaich airson feallsanachd dheimhinneach agus spèiseil a chruthachadh agus tha tuigse cho-roinnte againn air sunnd. Tha faireachdainn làidir coimhearsnachd, luachan agus dùilean co-roinnte an làthair. Tha sinn for-ghnìomhach ann an adhartachadh giùlain deimhinneach tro dhàimhean deimhinneach. Ann an dòigh leasachail iomchaidh, tha clann a' nochdadh suim do chàch agus tha dàimhean deimhinneach aca le chèile agus le luchd-cleachdaidh. Thathar a' beachdachadh air gach pàiste mar neach fa leth le am feumalachdan agus an còraichean fhèin. Tha sinn a' sireadh agus a' brosnachadh com-pàirteachadh chloinne tro raon de ghnìomhachdan leasachail iomchaidh a tha a' ceadachadh dhaibh conaltradh ann an co-dhùnaidhean aig a bheil buaidh orra.

Coileanadh dhleastanasan reachdail

- Tha sinn a' gèilleadh do agus a' conaltradh gu gnìomhach le riatanasan reachdail agus còdan giùlain. Tha fios aig ar luchd-cleachdaidh, clann, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean de thathar a' sùileachadh sna raointean sin agus tha iad an sàs ann an coileanadh dhleastanasan reachdail gus builean a leasachadh do chlann. Gu sònraichte, tha sinn fiosrachail mu na dleastanasan reachdail sin aig a bheil buaidh air clann òg agus an teaghlaidhean.

In-ghabhail agus co-ionannachd

- Tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh in-ghabhail agus cothromachd, a' cur taic ri clann uile gu bhith a' dèanamh adhartas fìor mhath agus an comas a choileanadh. Thathar a' dèiligeadh le clann agus teaghlaidhean, luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean le spèis agus ann an dòigh cheart agus chothromach. Tha sinn a' cur luach air iomadachd agus a' dùbhlachadh leth-bhreith. Nar suidheachadh, tha sinn a' tuigsinn, a' luach agus a' comharrachadh aois, ciorraim, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd, cinneadh, creideamh no creideas, gnè agus aidmheil gnèitheasach. Chan eil aon dhiubh sin na bhacadh air com-pàirteachadh do chlann òg no an teaghlaidhean. Tha ro-innleachdan èifeachdach againn na àite a tha a' leasachadh adhartais do chlann uile, le cuimse orrasan a tha a' dèiligeadh ri dùbhlanan, leithid clann bho na sgìrean as bochda againn, iadsan a tha air an coimhead às an dèidh agus iadsan le feumalachdan taic a bharrachd.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • An taobh a-staigh agus taobh a-muigh ar suidheachaidh, tha tuigse cho-roinnte de shunnd agus còraichean chloinne. Tha làn chunntas ga ghabhail air còraichean chloinne agus thathar a' beachdachadh air a rèir na h-ìre leasachaidh aca, a' gabhail a-steach nuair a thathar a' planadh ionnsachaidh tar-churraicealaim. • Tha mothachalachd agus freagairteachd luchd-cleachdaidh a' cur gu mòr ri sunnd gach pàiste fa leth agus an teaghlach. • Tha manaidsèaran agus stiùirichean a' dèanamh cinnteach gu bheil eòlas agus tuigse aig luchd-cleachdaidh agus gu bheil iad a' cleachdadh nan slatan-tomhais sunnd ann an dòigh bhrìoghmhor. Tha ar clann òg a' nochdadh tuigse leasachail do na slatan-tomhais sunnd. • Tha stiùirichean agus manaidsèaran a' coimhead a-mach airson sunnd luchd-cleachdaidh. Tha luchd-cleachdaidh uile a' faireachdainn luachmhor nan obair agus tha iad misneachail gun urrainn dhaibh taic fhaotainn nuair a bhios feum aca air. • Tha ar luchd-cleachdaidh uile a' conaltradh ann an ionnsachadh proifeiseanta a tha a' gabhail cunntas dligheach den fhrèam reachdail a tha co-cheangailte ri sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail. • Tha an curraicealam a tha sinn a' tairgsinn agus ar modhan-obrach a thaobh ionnsachaidh is leasachadh chloinne, ag adhartachadh iomadachd agus co-ionannachd. • Tha clann gam brosnachadh gu tòiseachadh a' rannsachadh nan smuaintean, faireachdainnean, seasamhan, luachan agus creideas an a tha a' toirt buaidh air am beatha agus an dàimhean ann an dòigh leasachail iomchaidh. • Tha clann a' nochdadh suim agus co-fhaireachdainn do chàch, le taic bho dhàimhean deimhinneach cunbhalach. • Tha slàinte agus sunnd air fhisge a-steach gu h-ìomlan ann am beatha làitheil an t-suidheachaidh agus air adhartachadh gu cunbhalach leis an luchd-cleachdaidh uile. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè an ìre gu bheil prionnsabalan <i>GIRFEC</i> air an nochdadh ann an obair ar suidheachaidh? Dè na gnìomhan a dh'fheumas sinn a choileanadh gus tuilleadh leasachaidhean a dhèanamh? Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh fiosrachaidh mu shunnd chloinne airson taic a chur ri an cùram, ionnsachadh agus leasachadh? • Dè cho mionaideach 's a tha Cunradh nan Nàiseanan Aonaichte air Còraichean Chloinne air a thuigsinn agus air fhisge a-steach nar cleachdadh? • Dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh a' tuigsinn teòiridh ceangalachain agus a' bhuidh a th' aige air leasachadh agus ionnsachadh teachdail? • Dè na modhan a tha sinn a' cleachdadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mu shunnd chloinne air a roinn gu h-èifeachdach eadar pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-cleachdaidh? • Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach à prionnsabalan cudromach a' gabhail a-steach cunbhalachd, uaisleachd agus prìobhaideachd nuair a thathar a' cur taic ri clann le an cùram pearsanta? Dè na prionnsabalan cudromach eile air am bu chòir dhuinn a bhith a' beachdachadh? • Dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh a' gabhail cunntas de sgrìobhainnean agus stiùireadh nàiseanta, a tha a' toirt buaidh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Mar eisimpleir <i>Togail an Amais</i>. • Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-cleachdaidh uile a' gabhail os làimh ionnsachadh proifeiseanta cunbhalach mu thimcheall reachdas, riatanasan reachdail, stiùireadh ionadail is nàiseanta agus còdan cleachdaidh? • A bheil sinn air àrainneachd ionnsachaidh agus suidheachadh in-ghabhalach a stèidheachadh gu soirbheachail? Dè cho dì-beathte agus in-ghabhalach a tha clann, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean uile a' faireachdainn? Ciamar a tha fios againn? • Dè an ìre gu bheil cruthachadh feallsanachd agus cultar in-ghabhail is com-pàirteachaidh air a bhith soirbheachail ann an cur taic ri clann gu adhartas glè mhath a dhèanamh? Ciamar a ghabhas seo a neartachadh?

Cuspairean

- Adhartas ann an conaltradh, cànan tràth, matamataig agus slàinte agus sunnd
- Adhartas chloinne rè ùine
- Càileachd iomlan coileanadh chloinne
- Dèanamh cinnteach à cothromachd do chlann uile

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri leasachadh agus ionnsachadh leanabain, pàistean agus clann òg. Tha e ag iarraidh tuigse shoilleir de thràth-ionnsachadh is leasachadh agus feallsanachd teagaisg. Tha e a' nochdadh na dòigh amalaichte a tha clann òg ag ionnsachadh agus cudromachd eòlasan is leasachaidh a' tachairt air bunait fa leth an taobh a-staigh àrainneachd thaiceil, bheathachail agus bhrosnachail. Tha tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne àrd-chàileachdail a' cur gu mòr ri neartachadh adhartas agus coileanadh chloinne fhad 's a tha iad a' fàs agus ag ionnsachadh. Faodaidh e a bhith na bhuannachd do chlann uile le bhith a' dùnadh a' bheàirn coileanaidh agus a' dèanamh cinnteach à cothromachd do na h-uile. Tha e mu dheidhinn nàdar iomlanach leasachaidh is ionnsachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil na bun-stèidhean sin tèarainte gus soirbheas a choileanadh san àm ri teachd.

Adhartas ann an conaltradh, cànan tràth, matamataig agus slàinte agus sunnd

- Tarsainn ar suidheachaidh, tha sinn air modhan-obrach àrd-chàileachdail a stèidheachadh a tha a' comasachadh leanabain, pàistean agus clann òg an sgilean faireachail, sòisealta, corporra agus inntinn a leasachadh gu math. Tha buaidh dheimhinneach aig cuimse làidir air slàinte agus sunnd air ionnsachadh agus leasachadh chloinne. Tha sinn gu h-èifeachdach ag adhartachadh ionnsachaidh ann an dòigh sgileil. Tha sinn a' tuigsinn mar a tha clann òg a' leasachadh sgilean tràth cànan agus smaoinachadh matamataigeach. Tha sinn a' cur an eòlais seo an sàs nar modh-obrach, a tha air a phearsachadh le co-mheasgachadh glè èifeachdach de eòlasan air an tòiseachadh le clann agus le taic bho inbhich. Tha na diofar àrainneachdan san t-suidheachadh againn air an togail gu fìor èifeachdach, a' ceadachadh do leanabain, pàistean agus clann òg a bhith a' sìor fhàs neo-eisimeileach nan comas air iad fhèin a chur an cèill le an guth agus gu cruthachail. Tha iad suidhichte, toilichte, soirbheachadh agus ag ionnsachadh conaltradh nan dòigh fhèin. Tha ar cleachdadh soirbheachail air co-theacsan fìor-bheatha agus mac-meanmhainneach a' cur taic ri clann gu h-èifeachdach, gus an sgilean cànan tràth agus matamataig a leasachadh gu fìor math. Tha sinn gu sgileil a' cur an sàs ro-innleachdan gus taic a chur ri clann a' togail stòras-fhacail a tha gan cuideachadh gu mineachadh an smaoinachaidh agus an tuigse, mar as fheàrr as urrainn dhaibh. An taobh a-staigh ar suidheachaidh, tha clann a' taisbeanadh ìre àrd de dh'ùidh san t-saoghal mun cuairt orra. Tha clann òg misneachail ann am feuchainn a-mach eòlasan ùra, a' dol an sàs ann an ionnsachadh ùr gu dùrachdach agus a' dèanamh adhartais a tha leantainneach.

Adhartas chloinne rè ùine

- An taobh a-staigh ar suidheachaidh, tha leanabain, pàistean agus clann òg a' dèanamh adhartais fìor mhath tarsainn mòr-chuid de thaobhan an ionnsachaidh agus an leasachaidh. Tha iad a' sìor fhàs nan luchd-ionnsachaidh misneachail, fulangach agus neo-eisimeileach. Bho na h-ìrean as tràithe, tha clann a' faotainn taic airson roghainnean a dhèanamh agus bruidhinn mu an ionnsachadh. Mar thoradh air an sin, tha iad a' togail an eòlais, sgilean agus seasamhan riatanach a dh'fheumar airson cumail a' dol gu bhith nan luchd-ionnsachaidh brosnachta fad-beatha. Nar suidheachadh, tha eòlas glè mhath aig luchd-cleachdaidh air gach pàiste mar neach fa leth agus mar neach-ionnsachaidh. A' cleachdadh an fhiosrachaidh seo còmhla ri ar n-eòlas earbsach air leasachadh chloinne, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh cudromach air a chomharrachadh agus air a thogail air, gu fìor èifeachdach. Tha sinn ag obair gu h-èifeachdach le teaghlaichean agus proifeiseantaich eile gus cothroman ionnsachaidh brìoghmhor a chomharrachadh agus a libhrigeadh. Tha sinn a' dèanamh breithneachaidhean earbsach proifeiseanta mu adhartas chloinne agus cho math 's a tha clann ag ionnsachadh agus a' leasachadh.

Càileachd iomlan coileanadh chloinne

- Tha sinn a' cur luach àrd air aithneachadh, glacadh agus comharrachadh coileanaidhean chloinne fa leth. Tha sinn a' tuigsinn cudromachd na tha a' tachairt taobh a-muigh ar suidheachaidh, san dachaigh agus an taobh a-staigh sholaran eile. Tha sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo glè mhath gus coileanadh

agus soirbheachadh adhartachadh. Tha ar clann òg soirbheachail, misneachail agus comasach air uallach a choileanadh glè mhath. Tha clann a' sìor fhàs comasach air am faireachdainnean fhèin-riaghladh, agus a' faireachdainn taic gu leòr gus an draghan agus am beachdan a roinn. Tha ar luchd-cleachdaidh ag ùisneachadh ais-fhiosrachadh agus moladh gu fìor chunbhalach gus seasamhan deimhinneach adhartachadh agus co-obrachadh is neo-eisimeileachd a bhrosnachadh. Tha ar clann a' cur gu h-èifeachdach ri beatha an t-suidheachaidh, a' choimhearsnachd fharsaing agus a' sìor fhàs mar shaoranaich chruinneil. Tha pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean a' faotainn deagh fhiosrachadh mu adhartas an cuid chloinne fhèin agus a' faireachdainn air an cumhachdachadh gu fiosrachadh a roinn mu shoirbheas am pàiste taobh a-muigh an t-suidheachaidh. Tha iad a' faireachdainn luachmhor agus nan com-pàirtichean sònraichte ann am beatha agus obair an t-suidheachaidh.

Dèanamh cinnteach à cothromachd do chlann

- Nar suidheachadh, tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh cothromachd tarsainn gach taobh de ar n-obair. Tha feallsanachd thaiceil agus in-ghabhalach againn le cultar làidir de spèis agus earbsa do chàch a chèile. Tha sinn for-ghnìomhach ann an comharrachadh agus lùghdachadh bhacaidhean san amharc gu ionnsachadh èifeachdach ar cloinne. Tha sinn a' gabhail cunntas math air diofar chùl-raointean cultarach, sòisio-eaconamach agus cànanach ar cloinne agus an teaghlaichean. Tha sinn ag obair gu h-èifeachdach ann an com-pàirteachas le co-obraichean a tha air fianais a nochdadh a thaobh leasachaidh ann an adhartas chloinne. Tha sinn a' dèanamh feum èifeachdach de dhàta, mar eisimpleir, clachan-mìle leasachail aontaichte agus na h-ìrean de dh'ìoma-bhochdainn ann an sgìrean far a bheil ar clann agus an teaghlaichean a' còmhnaidh. Tha sinn a' cumail sùil gheur air buaidh ro-innleachdan a tha sinn a' cleachdadh gus a dhèanamh cinnteach à cothromachd agus ar fianais a chleachdadh airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu eadar-theachdan san àm ri teachd.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha a' mhòr-chuid de chlann a' dèanamh adhartas glè mhath tro eòlasan a tha ag adhartachadh ionnsachadh iomlanach. Tha iad a' leasachadh gu math an sgilean sòisealta, faireachail, corporra agus inntinn. • Tha fiosrachadh mu gach pàiste a' sealltainn gu bheil cha mhòr clann uile a' dèanamh adhartas math ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd mar a tha iomchaidh aig an ìre leasachail. • Tha eòlasan àrd-chàileachdail cànan tràth, matamataig agus slàinte agus sunnd air an cleachdadh gu math airson ionnsachadh adhartachadh agus a neartachadh. • Tha luchd-cleachdaidh a' dèanamh breithneachaidhean earbsach mu adhartas chloinne agus tha seo ga roinn agus air aontachadh tro dheasbadaidh iomchaidh. • Tha amasan àrda coileanaidh air an roinn le clann, luchd-cleachdaidh agus pàrantan. • Tha pàrantan an sàs gu h-iomlan ann an tuigsinn adhartas an cloinne. Tha iad nan com-pàirtichean luachmhor ann an comharrachadh agus ath-sgrùdadh adhartais agus coileanaidhean. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè na dòighean sa bheil sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' dèanamh adhartais tarsainn gach taobh de an ionnsachadh agus an leasachadh? • Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' tuigsinn an adhartais fhèin ann an dòigh bhrioghmhor? • Meòraich air a' chothromachd làithreach ann an eòlasan ionnsachaidh air an tòiseachadh le clann agus inbich. A bheil iad le chèile a' leantainn gu adhartas? Dè dh'fhaodadh a dhèanamh nas fheàrr? • Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan-obrach gu leantainn adhartais agus coileanaidh? Dè dh'fheumas a dhèanamh nas fheàrr? • Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' roinn adhartas chloinne le pàrantan/luchd-cùraim? • A bheil sinn ann an da-rìribh a' cur luach air tabhartasan agus coileanaidhean chloinne bho thaobh a-muigh an t-suidheachaidh? An aithnicheadh pàrantan/luchd-cùraim an àite an lùib seo? • Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh agus a' sgrùdadh fiosrachaidh gus builean do chlann agus teaghlaichean a leasachadh? Mar eisimpleir, dàta mu dheidhinn 27/30 ath-sgrùdaidhean mìosa, clachan-mìle leasachail agus na h-ìrean de ioma-bhochdainn ann an sgìrean sa bheil ar clann agus an teaghlaichean a' còmhnaidh.

Cuspairean

Leasachadh cruthachalachd
Leasachadh sgilean airson beatha agus ionnsachadh
Leasachadh sgilean didseatach

Tuairisgeulaiche

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air raon de sgilean cudromach airson beatha agus ionnsachadh a bu chòir do chlann a bhith sìor chomasach air a thaisbeanadh fhad 's a tha iad a' fàs agus ag ionnsachadh. Tha comas meudaichte chloinne an sgilean a chur an sàs ann an raon de cho-theacsan na phrìomh fheart, a' gabhail a-steach ann an suidheachaidhean air nach eil iad eòlach. Tha clann a' tuigsinn cudromachd nan sgilean sin a thaobh an ionnsachaidh agus an obair agus beatha sa choimhearsnachd ionadail agus san t-saoghal fharsaing.

Leasachadh cruthachalachd

- Tha cruthachalachd aig cridhe cluiche agus gach taobh de ionnsachadh. Tha sinn a' cleachdadh mhodhan-obrach ùr-ghnàthach gus clann a bhrosnachadh a bhith feòrachail, mac-meanmhainneach agus cothroman cunnartach a ghabhail nan ionnsachadh. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd aig clann air stuthan cluiche gun cheangal gus an cruthachalachd agus an smaoineachadh a leudachadh. Tha ar n-àrainneachdan a-staigh agus a-muigh agus an conaltradh leis an t-saoghal nàdarra a' tairgsinn eòlasan cunbhalach àrd-chàileachdail a tha a' comasachadh chloinne beachdan agus stuthan a rannsachadh agus a bhith saor ann an cleachdadh am mac-meanmhainn. Tha deasbad agus eadar-obrachadh a' cur taic ri clann gu h-èifeachdach gu an smaoineachadh a mhineachadh agus meòrachadh air an ionnsachadh. Tha saorsa aig clann an cluich agus an ùidhean a leasachadh agus an ionnsachadh a dhoimhneachadh. Tha iad gu misneachail a' stiùireadh taobhan de an ionnsachadh fhèin. Tha cluich àrd-chàileachdail a' toirt cothrom do chlann air comasachdan a rannsachadh, fuasglaidhean a phlanadh, a dheilbh agus a luachadh mar a tha iad a' cur an sgilean an sàs tarsainn ionnsachaidh.

Leasachadh sgilean airson beatha agus ionnsachadh

- Tha leasachadh sunnd agus cruthachalachd chloinne aig cridhe na tha sinn a' dèanamh. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan faireachail, sòisealta agus corporra chloinne air an coileanadh. Faodaidh clann am beachdan agus am faireachdainnean a chur an cèill le misneachd a tha a' sìor fhàs, agus tha iad ag ionnsachadh am beachdan fhèin agus molaidhean chàich a chleachdadh gus an smaoineachadh agus an cluich a leudachadh. Tha sinn gu h-èifeachdach a' cur taic ri clann gus an cuideachadh ann am fuasgladh easaontaidhean nuair a thig iad am bàrr. Tha clann a' cumail a' dol le an cluich agus a' sealltainn irean àrda de fhèin-mheas agus fèin-chreideas nuair a tha iad ag ionnsachadh leotha fhèin agus gu mòr le càch. Faodaidh clann ceistean fhaighneachd, beachdachadh agus ceanglaichean a dhèanamh tarsainn eòlasan ionnsachaidh gus ciall a dhèanamh den t-saoghal mun cuairt orra. Tha ar modhan beathachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' leasachadh seasamhan deimhinneach a dh'ionnsaigh atharrachadh agus a' nochdadh dìoghras a thaobh soirbheachadh ann an gnìomhachdan taghte. Tha ar clann a' sìor thaisbeanadh dealas agus comas a thaobh leasachaidhean do ar suidheachadh agus ar coimhearsnachd a thòiseachadh agus a bhith pàirteach annta.

Leasachadh sgilean didseatach

- Tha feallsanachd soilleir aig an t-suidheachadh airson sgilean chloinne a leasachadh ann an cleachdadh agus rannsachadh theicneòlasan didseatach, a' gabhail a-steach fuireach air-loidhne. Tha cleachdadh chloinne air teicneòlasan didseatach a' neartachadh, a' doimhneachadh agus a' pearsanachadh cluich agus ionnsachadh tarsainn a' churraicealaim. Tha iad ag aithneachadh raon de theicneòlasan làitheil agus a' sìor fhàs tuigsinneach de mar a tha iad ag obair. Tha clann a' leasachadh sgilean gu math agus tha iad dealasach a thaobh feuchainn a-mach agus ceistean fuasgladh, a' cleachdadh cothroman ùra

ann an teicneòlasan didseatach. Tha iad a' fàs misneachail ann a bhith a' dèanamh roghainnean agus cho-dhùnidhean mu fhuasgladh cheistean agus a' cleachdadh theicneòlasan didseatach gus an cluich agus an ionnsachadh a shaidhbhreachadh san t-suidheachadh, san dachaigh agus sa choimhearsnachd agus mar a dh'fhaodas iad an sgilean a chleachdadh san àm ri teachd. Tha sinn a' dèanamh feum èifeachdach de sgilean chloinne, phàrantan/luchd-cùraim agus chom-pàirtichean ann an leasachadh cleachdaidh air teicneòlasan didseatach tarsainn a' churraicealaim.

Feartan cleachdaidh àrd-èifeachdach:	Ceistean dùbhlain:
<ul style="list-style-type: none"> • Tha clann air an comasachadh gu cothroman cunnartach a ghabhail, ag ionnsachadh ann an àrainneachdan sàbhailte, tèarainte agus taiceil, far a bheilear a' dùileachadh dhaibh co-dhùnaidhean a dhèanamh agus far a bheilear a' cur luach air an tabhartasan. • Tro chluich rannsachail, tha cothrom aig clann uile sgilean sgrùdaidh, smaoineachaidh agus fuasglaidh cheistean, a leasachadh agus a chur an gnìomh. • Tha cuideam ga chur air còmhraidh agus smaoineachadh co-roinnte. Tha luchd-cleachdaidh a' cur taic ri leasachadh air sgilean smaoineachaidh chloinne tro scafaladh, modaileadh, ceasnachadh agus dèanamh an smaoineachaidh fhèin mionaideach. • Tha modhan ionnsachaidh is teagaisg a' comasachadh chloinne gu a bhith air am bogadh ann an gnìomhachdan sa bheil ùidh aca agus ann an cluich airson amannan fada. Tha luchd-cleachdaidh cùramach nach cuir iad cabhag air clann. • Tha luchd-cleachdaidh àrd-sgileil ann an cur cheistean a tha a' brosnachadh ceasnachadh agus feòrachas. • Tha clann a' leasachadh seasamh deimhinneach gu ionnsachadh tro mhodh ionnsachaidh gnìomhach, a' cleachdadh shuidheachaidhean fìor-bheatha agus mac-meanmhainneach. • Tha an àrainneachd ionnsachaidh, a' gabhail a-steach solar stòrasan nàdarrach agus gun cheangal agus freagarrachd farsaingeachd, a' brosnachadh cruthachalachd. Tha structar agus sùbailteachd an latha cuideachd a' beathachadh cruthachalachd. • Tha eòlasan chloinne a' solarachadh chothroman airson cluich agus ionnsachadh còmhla, beachdan a roinn, diofaran a rèiteachadh agus faireachdainn de chothromachd a leasachadh. • Faodaidh clann teicneòlas iomchaidh a thaghadh agus a chleachdadh airson ionnsachadh no ceistean fuasgladh tarsainn raon de cho-theacsan, le misneachd a tha a' sior fhàs. 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha ar farsaingeachd a-staigh agus a-muigh a' cur taic ri cruthachalachd, feòrachas, no ceasnachadh? • Dè cho math 's a tha stuthan nàdarrach agus stòrasan gun cheangal air an cleachdadh gus taic a chur ri cluich mhothachail, cluich rannsachail agus cruthachalachd? • Dè na dòighean agus gu dè an ìre a tha clann a' dèanamh roghainnean agus cho-dhùnaidhean mu an cluich agus an ionnsachadh? • Ciamar agus gu dè an ìre a tha ar suidheachadh ag obair le com-pàirtichean eile gus taic agus neartachadh a chur ri leasachadh cruthachalachd? • A bheil luchd-cleachdaidh a' cur luach air a' phròiseas chruthachail, a' gabhail a-steach fa letheachd seach a bhith a' cur cuimse air an toradh dheireannach? • Dè na dòighean agus gu dè an ìre a tha clann comasach air còmhstri fuasgladh? • Dè as urrainn dhuinn a dhèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil sinn a' neartachadh ionnsachaidh tro chleachdadh air teicneòlasan didseatach? • A bheil clann air am brosnachadh gu raon de theicneòlasan aithneachadh agus an adhbhar anns an t-suidheachadh, san dachaigh agus sa choimhearsnachd ionadail? A bheil fios aig clann mar a dh'obraicheas iad uidheam sìmplidh teicneòlais?

Pàipear-taic 1: An sgèile sia-puing

Is e inneal a th' anns an sgèile sia-puing airson deagh-ghnè shlatan-tomhais a luachadh. Tha e sa mhòr-chuid air a chleachdadh le Foghlam Alba. ùghdarrasan ionadail agus buidhnean riaghlaidh eile airson bun-tomhais nàiseanta agus/no ionadail a dhèanamh tarsainn àireamh de shuidheachaidhean.

Chan eil e riatanach do shuidheachaidhean fa leth iad fhèin a thomhais mu choinneamh na sgèile sia-puing ged a dh'fhaodas iad roghnachadh sin a dhèanamh gus cuideachadh le do choileanadh a mheasadh agus a thuigsinn.

Ìre 6	sàr-mhath	air leth no aig bàrr roinne
Ìre 5	glè mhath	prìomh neartan
Ìre 4	math	neartan cudromach le raointean airson an leasachadh
Ìre 3	riaraichte	neartan dìreach beagan air adhart air laigsean
Ìre 2	lag	laigsean cudromach
Ìre 1	neo-riaraichte	laigsean cudromach

Thoiribh an aire nuair a tha luachadh air a chur an sàs, tha e airson deagh-ghnè na slait-tomhais iomlan. Cha bu chòir cuspairean fa leth an luachadh. Faodar a thighinn gu luachadh ann an raon de cho-theacsan. Feumaidh sinn cuimhneachadh gum bi buileachadh irean a' cleachdadh sgèile deagh-ghnè, an-còmhnaidh barrachd na sgil phroifeiseanta seach na phròiseas teicnigeach. Ach, bu chòir na stiùiridhean coitcheann a leanas a bhith air an cur an gnìomh gu cunbhalach.

Tha luachadh de **sàr-mhath** a' ciallachadh gu bheil an taobh seo de dh'obair an t-suidheachaidh air leth agus aig bàrr roinne. Tha eòlasan agus coileanaidhean na cloinne uile de chàileachd fìor àrd. Tha luachadh air sàr-mhath a' riochdachadh inbhe solair air leth a tha ag eisimpleireadh a' chleachdaidh as fheàrr a ghabhas, stèidhichte air coileanadh cothromachd agus in-ghabhail agus tuigse dhomhainn phroifeiseanta as fhiach a sgaoileadh taobh a-muigh an t-suidheachaidh, mar thaic do leasachadh tarsainn an t-siostaim. Tha e a' ciallachadh gu bheil irean coileanaidh glè àrd seasmhach agus gum bi iad air an cumail suas.

Tha luachadh de **glè mhath** a' ciallachadh gu bheil prìomh neartan san taobh seo de dh'obair an t-suidheachaidh. Tha glè bheag de raointean ann airson an leasachadh agus chan eil feadhainn a tha ann a' lùghdachadh eòlasan chloinne. Tha luachadh de glè mhath a' riochdachadh inbhe àrd solair do chlann uile agus is e inbhe a th' ann a bu chòir a choileanadh leis na h-uile. Tha dùil ann gun dèan an suidheachadh feum leantainneach de fhèin-luachadh gus tuilleadh leasachaidhean a phlanadh, agus gun obraichear a dh'ionnsaigh leasachadh air solar agus strì ri coileanadh àrdachadh gu sàr-mhath.

Tha luachadh de **math** a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach an taobh a-staigh obair an t-suidheachaidh, ach tha cuid de thaobhan aig a bheil feum air an leasachadh. Tha buaidh dheimhinneach chudromach aig na neartan air a' mhòr-chuid de chlann. Tha càileachd nan eòlasan air a lùghdachadh ann an dòigh air choreigin le taobhan far a bheil feum air leasachadh. Tha e a' ciallachadh gum bu chòir don t-suidheachadh coimhead ri tuilleadh leasachaidh a dèanamh air na raointean de neart cudromach, agus cuideachd dèiligeadh leis na raointean airson leasachadh.

Tha luachadh de **riaraichte** a' ciallachadh gu bheil na neartan anns an taobh seo de dh'obair an t-suidheachaidh dìreach beagan air adhart air na laigsean. Tha e a' sealltainn gu bheil cothrom aig clann air ìre bhunasach solair. Tha e a' riochdachadh inbhe far a bheil buaidh dheimhinneach aig na neartan air eòlasan chloinne. Ged nach eil na laigsean cudromach gu leòr airson droch bhuaidh shusbainteach, tha iad ag èigneachadh càileachd iomlan eòlasan luchd-ionnsachaidh. Feumaidh an suidheachadh dèiligeadh le raointean de laigsean le bhith a' togail air a neartan.

Tha luachadh de **lag** a' ciallachadh gu bheil cuid de neartan ann ach far a bheil laigsean cudromach anns an taobh seo de dh'obair an t-suidheachaidh. Ged a dh'fhaodadh beagan neartan a bhith ann, tha na laigsean cudromach, fa leth no le chèile, gu leòr airson eòlasan a lùghdachadh ann an

dòighean susbainteach. Tha e a' ciallachadh gu bheil feum air gnìomh luath, structaraichte agus planaichte bhon t-suidheachadh.

Tha luachadh de **neo-riaraichte** a' ciallachadh gu bheil prìomh laigsean anns an taobh seo de dh'obair an t-suidheachaidh aig a bheil feum air gnìomh leasachail sa bhad. Tha eòlasan chloinne ann an cunnart ann an diofar dhòighean cudromach. Sa mhòr-chuid de chùisean, bidh feum aig an seo air taic bho àrd-mhanaidsearan ann am planadh agus coileanadh nan gnìomhan riatanach gus leasachadh a chur an cèill. Bidh seo gu h-àbhaisteach ag iarraidh a bhith ag obair taobh ri taobh le luchd-obrach eile ann an suidheachaidhean no buidhnean eile.

Pàipear-taic 2: Beag-fhaclair de dh'Abairtean

An taobh a-staigh co-theacs an fhrèam-obrach seo, tha na h-abairtean a chleachd sinn a' ciallachadh:

Tha **Coileanadh** a' ciallachadh iomlanachd sgilean agus fheartan air am fighe a-steach do cheithir comasan Curraicealam airson Sàr-mhathais agus air an leasachadh tarsainn a' churraicealaim, an dà chuid an taobh a-staigh suidheachadh an ELC agus ann an co-theacsan eile.

Tha **Ceangal** a' ciallachadh càileachd dàimh bho shealladh pàiste. Tha dàimh tràth pàrant/pàiste air fhaicinn mar aon de na feartan as cudromaiche ann an leasachadh chloinne, gu h-àraid a thaobh mar a tha an eanchainn a' fàs agus sgilean faireachail agus sòisealta a' leasachadh. Faodaidh am pròiseas ceangail tràth an teampaid a chumadh airson dàimhean san àm ri teachd.

Tha **Togail an Amais** a' ciallachadh stiùireadh cleachdaidh nàiseanta air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, a tha a' solarachadh stiùireadh soilleir air deagh chleachdadh ann an libhrigeadh eòlasan àrd-chàileachdail agus eadar-obrachaidhean do leanabain, pàistean agus clann òg.

Tha **Cruthachalachd** mar phròiseas a tha a' ginteadh bheachdan a tha de luchd don neach fa leth. Tha e ag iarraidh coimhead ri nithean air a bheilear eòlach le sùil às ùr, sgrùdadh cheistean le inntinn fhosgailte, dèanamh cheanglaichean, ionnsachadh bho mhearachdan agus a' cleachdadh mac-meanmhainn airson comasachdan ùra a rannsachadh.

Tha **Ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL)** mar phròiseas leantainneach tro am bi luchd-cleachdaidh a' gabhail uallach airson an ionnsachaidh agus an leasachaidh fhèin, a' sior chur an cèill fèin-ùghdarras proifeiseanta, gan comasachadh gu gabhail ri atharrachadh agus na feumalachdan aig leanabain, pàistean agus clann òg a choileanadh nas fheàrr.

Tha **Plana Pàiste** co-cheangailte ri plana gnìomha singilte a tha air a chur ri chèile airson pàiste far a bheil fianais a' moladh gu bheil feum air aon eadar-theachd cuimsichte no barrachd gus feumalachdan sunnd agus ionnsachaidh a' phàiste a choileanadh. Tha seo air a stiùireadh agus air ath-sgrùdadh tro structar coinneimh shingilte fiù 's ged a bhiodh am pàiste an lùib àireamh de phròiseasan.

Tha **Dìon Chloinne** a' ciallachadh dìon pàiste bho dhroch-dhiol no dearmad. Chan fheum droch-dhiol no dearmad a bhith air tachairt; tha e gu leòr airson measadh cunnairt a bhith air coltas no cunnart a chomharrachadh a thaobh cron cudromach bho dhroch-dhiol no dearmad.

Tha am **Plana Dìon Chloinne** na phlana ioma-bhuidhneach do chlann a thathar a' creidsinn a bhith ann an cunnart bho chron cudromach. Bidh am plana seo air a gabhail a-steach don Phlana Pàiste.

Tha an **Clàr Dìon Chloinne** mar am prìomh chlàr de chlann uile a tha nan cuspair den Phlana Dìon Chloinne ioma-bhuidhneach.

Tha **Dùnadh a' Bheàrn** a' toirt iomradh air a' bheàrn ann an adhartas agus coileanadh (euchdan ann an clann aois sgoile) eadar iadsan a' còmhnaidh ann an dachaighean ann an Alba, a tha a' fulang nan anacothroman as motha. Tha mòran chloinne agus dhaoine òga bho dhachaighean air teachd-a-steach ìosal a' dèanamh mòran nas miosa aig gach ìre den t-siostam foghlaim na iadsan bho dhachaighean a tha nas fheàrr dheth. Canar 'beàrn coileanaidh' ris an seo gu tric.

Tha **Coidseadh is treòrachadh** mar altan leasachaidh stèidhichte air cleachdadh deasbaid, glè thric air bunait aon-ri-aon, gus sgilean, eòlas no coileanadh obrach neach fa leth a neartachadh.

Tha **Dàta** mar fhiosan fiosrachaidh fìor agus staitistigean air an tional còmhla airson iomradh a thoirt orra no anailis.

Is e **Ionnsachadh didseatach** ionnsachadh a tha a' faotainn taic agus neartachadh bho raon de theicneòlas didseatach agus modhan-obrach. Faodaidh e cuimseachadh air aon teicneòlas no barrachd air aon. Dh'fhaodadh gun cuimsich e air cleachdadh seòmar-cluich no ruigsinneachd àite-àm sam bith. Dh'fhaodadh gum bi feartan agus modhan-obrach ann a tha air an cleachdadh gus neo-eisimeileachd a leasachadh ann an ionnsachadh.

Tha **Litearrachd didseatach** a' gabhail a-steach nan comasachdan a tha riatanach airson còmhnaidh, ionnsachadh agus nuair a thathar nas sine, obair ann an co-chomann didseatach. Tha e a' gabhail

a-steach sgilean, eòlas, comasachdan agus feartan mu thimcheall cleachdadh air teicneòlas didseatach, a tha a' comasachadh dhaoine fa leth an làn chomais a leasachadh a thaobh ionnsachaidh, beatha agus obair aig deireadh cùise. Tha e a' gabhail a-steach nan sgilean airson teicneòlas a chleachdadh gus a dhol an sàs ann an ionnsachadh tro stiùireadh fiosrachaidh, conaltradh agus co-obrachadh, fuasgladh cheistean agus a bhith cruthachail, agus cleachdadh iomchaidh agus cunntachail air cleachdadh teicneòlais.

Tha **Teicneòlas didseatach** mar abairt a thathar a' cleachdadh airson iomradh a dhèanamh air na h-uidheaman, seirbheisean agus stòrasan didseatach sin a tha air an cleachdadh airson fiosrachadh a lorg, a sgrùdadh, a chruthachadh, a chonaltradh agus a chleachdadh ann an co-theacs didseatach.

Tha **Cothromachd** a' ciallachadh a bhith a' dèiligeadh le daoine ann an dòigh chothromach, ach gun fheum air dèiligeadh le daoine san aon dòigh. Tha cothromachd ann an ELC a' ciallachadh nach eil suidheachadh pearsanta no sòisealta leithid gnè, tùs cinneachail no cùl-raon teaghlaich nam bacadh air coileanadh comais agus gu bheil ar leanabain, pàistean agus clann òg uile a' faotainn deagh thaic airson na builean as fheàrr a ghabhas a dhèanamh, fhaotainn.

Is e **Co-ionannachd** toirt air falbh bhacaidhean agus leudachadh chothroman dhaibhsan do bheil ruigsinneachd cuibhrichte. Far a bheil co-ionannachd air fhighe a-steach ann an cleachdadh, cha bhi leth-bhreith sam bith ann stèidhichte air claon-bharail.

Tha **Ionnsachadh teaghlaich** na dhòigh conaltraidh is ionnsachaidh cumhachdach a dh'fhaodas seasamhan deimhinneach a bheathachadh a dh'ionnsaigh ionnsachaidh fad-beatha, fulangas sòisio-eaconamach adhartachadh agus anacothrom oideachail a dhùbhlachadh.

Tha **Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS)** na bhuidheann proifeiseanta neo-eisimeileach a tha ag adhartachadh agus a' riaghladh na dreuchd teagaisg ann an Alba. Is e riatanas laghail a th' ann do neach-teagaisg sam bith a tha a' teagasg ann an sgoil ann an Alba a bhith clàraichte le GTC Alba.

Tha **Ga Fhaighinn Ceart do Gach Pàiste** mar am modh-obrach nàiseanta a thaobh leasachadh sunnd chloinne agus dhaoine òga. Tha am modh-obrach a' cur ùidhean a' phàiste aig cridhe cho-dhùnaidhean, a' gabhail slighe iomlanach gu sunnd agus a' tagraidheachd obair chasgail agus eadar-theachd thràth airson taic do chlann agus an teaghlaichean. Tha e stèidhichte air a' chreideas gum feum proifeiseantaich obrachadh còmhla a thaobh ùidhean a' phàiste.

Is e **Frèam Riaghlaidh** an nì a tha a' mìneachadh ìrean cunntachalachd a thaobh ceannardais agus stiùireadh an t-suidheachaidh. Tha e a' cur taic ri ceannardas ro-innleachdail agus a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-ùidh uile cò tha cunntachail airson coileanadh an t-suidheachaidh.

Is e **Buidheann riaghlaidh** am buidheann no buidhnean de dhaoine fa leth a tha a' mìneachadh cunntachalachd airson ceannardais no stiùireadh an t-suidheachaidh. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhuidheann stiùiridh no bòrd-stiùiridh. Ann an suidheachaidhean ùghdarrais ionadail, gu h-àbhaisteach is e iadsan a tha cunntachail airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne an taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail.

Tha **Smaoineachadh àrd-ìreil** an lùib ionnsachadh air sgilean breithneachaidh thoinnte leithid fuasgladh cheistean. Tha taxonomy Bloom ag ràdh gu bheil sgilean a tha a' cleachdadh anailis agus luachadh de dh'òrdugh nas àirde aig a bheil feum air modhan ionnsachaidh is teagaisg eadar-dhealaichte seach ionnsachadh air firinnean is bun-bheachdan.

Tha **Iomhaigh a' Phàiste** a' toirt creideas do chomasachdan agus comas gach neach fa leth. Tha e ag aithneachadh gu bheil gach pàiste gun choimeas agus na neach-ionnsachaidh gnìomhach a tha comasach agus inntleachdail. Tha an còraichean fhèin aig clann an taobh a-staigh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne.

Tha **In-ghabhail** a' ciallachadh a bhith cur an gnìomh gu deimhinneach agus ag eadar-theachd gus coileanadh a dèanamh comasach do na h-uile le bhith a' togail agus a' coileanadh comas gach leanaban, pàiste agus neach òg.

Tha **Proifeiseantach stiùiridh** air a chomharrachadh far a bheil feum aig pàiste air aon bhuidheann no barrachd a bhith ag obrachadh còmhla gus seirbheisean a libhrigeadh don phàiste agus an teaghlach. Bidh am proifeiseantach stiùiridh mar am proifeiseantach san t-suidheachadh as fheàrr airson dreuchd co-òrdanachaidh a choileanadh agus obrachadh còmhla ris an teaghlach airson builean a leasachadh don

phàiste.

Tha **Coimhearsnachd ionnsachaidh** a' ciallachadh grunnan de shuidheachaidhean agus sgoiltean agus com-pàirtichean eile ann an nàbaidheachd, a' libhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus foghlam.

Tha **Còmhradh ionnsachaidh** a' toirt chothroman do chlann an smuaintean agus am beachdan agus an gnìomhachdan a roinn ann an còmhradh le inbheach no comhaois.

Tha **Pàiste air a Choimhead às a Dhèidh** air a mhìneachadh mar iadsan ann an cùram an ùghdarras ionadail fo sholar Achd na Cloinne (Alba) 1995. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith air an Coimhead às an Dèidh san dachaigh no a bhith air an Coimhead às an Dèidh air falbh bhon dachaigh. Tha a' mhòr-chuid de chlann air an 'coimhead às an dèidh' airson adhbharan cùraim agus dìon.

Is e am **Pearsa ainmichte** aon neach cudromach a dh'fhaodas obrachadh le pàiste agus a t(h)eaghlach airson cuideachadh, comhairle no taic a bharrachd obrachadh a-mach ma bhios feum aca air. Tha am modh Ga Fhaighinn Ceart a' gabhail a-steach neach ainmichte a bhith ri làimh do gach pàiste, bho àm breith gus an 18^{mh} co-là-breith (no às a dhèidh, ma tha iad fhathast san sgoil). Do chlann ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, tha dreuchd an neach ainmichte gu h-àbhaisteach air a ghabhail le obraiche slàinte.

Tha **Inbhean Cùraim Nàiseanta** mar fhrèam-obrach a bhios Coimisean a' Chùraim a' cleachdadh airson deagh-ghnè ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a thomhais. Tha iad a' riaghladh agus a' sgrùdadh roinn fritheilichean chloinne agus cùram làitheil de sheirbheisean chloinne, a dh'fheumas a bhith clàraichte fo Achd Ath-leasachaidh Sheirbheisean Poblach (Alba) 2010.

Tha **Ionnsachadh a-muigh** na mhodh-obrach gu ionnsachadh a tha iomlan don churraicealam. Tha e a' gabhail àite ann an raon de cho-theacsan leithid fearann an t-suidheachaidh, an sgìre ionadail agus tursan latha. Tha na h-adhbharan na lùib a' gabhail a-steach slàinte agus sunnd, a' brosnachadh sgrùdaidh agus rannsachaidh, gnìomhachd corporra agus leasachadh pearsanta agus sòisealta.

Tha **Com-pàirtichean** a' gabhail a-steach daoine fa leth uile no buidhnean a tha a' libhrigeadh ionnsachaidh agus a' cur ri beatha agus obair an t-suidheachaidh. Dh'fhaodadh iad sin a bhith a' gabhail a-steach treas earrann, buidhnean coimhearsnachd, leabharlannan, gnòthachasan ionadail, is eile.

Tha **Feallsanachd-teagasg** mu dheidhinn nan eadar-obrachaidhean agus eòlasan a tha a' cur taic ris a' churraicealam agus am pròiseas an lùib mar a tha clann ag ionnsachadh.

Tha **Taic pearsanaichte** a' ciallachadh gu bheil ionnsachadh, teagasg agus measadh air am planadh gus feumalachdan luchd-ionnsachaidh a choileanadh mar dhaoine fa leth. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman cunbhalach aig clann airson a bhith an sàs ann an deasbad air an ionnsachadh agus gum faod e buaidh a thoirt air dè tha iad ag ionnsachadh agus mar a tha iad ag ionnsachadh.

Tha **Ceist neach-cleachdaidh** a' ciallachadh leasachadh an eòlais, sgilean, càilean agus tuigse a dh'fheumar airson a bhith mar an seòrsa proifeiseantach a tha comasach air ceasnachadh, dùbhlachadh, tuigsinn agus le eòlas domhainn air ionnsachadh agus teagasg. Tha e a' ciallachadh a bhith an-còmhnaidh a' faighneachd cheistean breitheil mu do chleachdadh fhèin. Gabhaidh seo a dhèanamh cuideachd ann an dòigh cho-obrachail, 's e sin, còmhla ri càch mar eisimpleir ann an coimhearsnachd ionnsachaidh proifeiseanta.

Is e **Feartan dìonte** an abairt a chleachdar anns an Achd Co-ionannachd 2010 airson iomradh a dhèanamh air cò a tha fo dhìon an lagha. Tha dìon ag atharrachadh a rèir a bheil neach aig obair no a' cleachdadh na seirbheis. Tha ochd feartan air an dìon do dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean. Is iad sin: ciorram; gnè; ath-bhuileachadh gnè; leatromachd agus màthaireachd; cinneadh; creideamh no creideas; aidmheil ghnèitheasach; agus aois.

Tha **Sgeama Dìon Bhuidhnean So-leònte (PVG)** a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach nach eil eachdraidh aithnichte acasan aig a bheil ceangal cunbhalach le clann tro obair phàighe no saor-thoilich, de ghiùlain cronail.

Is e **Cunnart** coltas no coltachd a thaobh buil sònraichte a rèir làthaireachd fheartan ann am beatha pàiste no neach òg. Is e tha deatamach a thaobh dìon chloinne an cunnart air cron cudromach bho dhroch-dhìol no dearmad.

Tha **Measadh/buannachd Cunnairt** mu dheidhinn comharrachadh chùisean a dh'fhaodadh cron a dhèanamh agus a' co-dhùnadh dè na ceumannan reusanta agus ciallach a dh'fhaodar a ghabhail gus smachd/cuibhreachadh a chur air na cunnartan.

Tha **Barantachadh** na bhun-bheachd mòran nas fharsainghe na dìon chloinne agus tha e co-cheangailte ri adhartachadh sochair chloinne. Tha e a' gabhail a-steach: dìon chloinne bho dhroch làimhseachadh; cur bacadh air milleadh slàinte no leasachadh chloinne; dèanamh cinnteach gu bheil clann a' fàs ann an suidheachaidhean a tha cunbhalach do sholar air cùram sàbhailte agus èifeachdach, agus a' cur an gnìomh dòigh air leanabain, pàistean agus daoine òga a chomasachadh gun bhuil as fheàrr a ghabhas fhaotainn. Tha dìon chloinne mar phàirt den mhìneachadh seo agus a' ceangal ri gnìomhachdan a thathar air gabhail os làimh gus bacadh a chur air clann a bhith a' fulang, no coltach air cron cudromach fhulang.

Tha **Sgeama** mar phàtran giùlain nan cluich a tha clann òg a' cur an cèill tro am beachdan agus an smuaintean fhad 's a tha iad a' rannsachadh an t-saoghail agus a' feuchainn ri ciall a dhèanamh de mar a tha cùisean ag obair. Mar a bhios clann a' fàs, tha àireamhan nan sgeamaichean sin a' fàs agus a' fàs nas toinnte.

Tha **Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba** mar am buidheann nàiseanta le uallach airson daoine a chlàradh a tha ag obair sna seirbheisean sòisealta. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-obrach ann an cùram làitheil sheirbheisean chloinne do bheil clàradh na riatanas mar a tha an reachdas an taobh a-staigh Riaghladh Achd a' Chùraim (Alba) (2001). Tha àite cudromach aig an SSSC ann an dèanamh cinnteach à riaghladh, trèanadh agus foghlam na sgioba-obrach tràth-bhliadnaichean agus a' coimhead ri foghlam agus trèanadh leantainneachd adhartachadh.

Tha **Suidheachadh coimhearsnachd** a' toirt iomradh air clann, luchd-cleachdaidh, pàrantan/luchd-cùraim, teaghlach agus com-pàirtichean uile a tha co-cheangailte ris an t-suidheachadh.

Tha **Àrd-stiùirichean** a' toirt iomradh air luchd-obrach uile ann an dreuchdan foirmeil ceannardais, mar eisimpleir manaidsearan, ceannardan shuidheachaidhean, iar-cheannardan, prìomh thidsearan, iar-cheannardan agus ceannardan, is eile. Faodar seo a chleachdadh cuideachd airson iomradh a thoirt orrasan a tha a' rùnachadh a bhith ann an àrd-dhreuchdan ceannardais agus iadsan ag obrachadh a dh'ionnsaigh nan inbhean airson ceannardais.

Is iad **Luchd-ùidh** iadsan uile a tha fo bhuaidh obair agus beatha an t-suidheachaidh.

Tha taic cuimsichte a' toirt iomradh air taic a bharrachd no taic cuimsichte, air a chumadh do shuidheachadh fa leth pàiste òg. Dh'fhaodadh seo a bhith aig àm sam bith nan turas ionnsachaidh, no do chuid, tron turas aca air fad. Faodaidh an 'taic cuimsichte' seo a bhith, ach gun a bhith gu tur, air a libhrigeadh le luchd-cleachdaidh le trèanadh is eòlas a bharrachd.

Tha **Eadar-ghluasadan** nan amannan atharrachaidh an taobh a-staigh tursan ionnsachaidh chloinne. Faodaidh buaidh mhòr a bhith aig eadar-ghluasadan air luchd-ionnsachaidh seach gu bheil iad gu h-àbhaisteach a' gabhail a-steach daoine ùra, àrainneachdan ionnsachaidh ùra agus suidheachaidhean ùra. Tha clann uile a' dol tro amannan eadar-ghluasaid nuair a tha iad a' gluasad do, tro agus a-mach à suidheachadh.

Is e **Taic uile-choitcheann** dleastanas luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean uile. Tha e a' gabhail a-steach airidheachdan chloinne uile gu còmhradhean mu ionnsachadh, ath-sgrùdadh adhartais agus planadh na h-ath cheumannan mar phàirt de phlanadh ionnsachaidh phearsanta èifeachdach.

Tha **Slatan-tomhais sunnd** aig cridhe Ga Fhaighinn Ceart do gach pàiste. Tha am modh-obrach a' cleachdadh ochd raointean airson iomradh a thoirt air sunnd, sam feum clann adhartachadh gus dèanamh math a-nis agus san àm ri teachd: Sàbhailte, Fallain, Coileanadh, Beathaichte, Gnìomhach, Measaichte, Cunntachail agus In-ghabhailte.

Fiosrachadh agus stòrasan cuideachail

Alba nas Làidire: Prògram an Riaghaltais do dh'Alba 2015-16

www.gov.scot/Resource/0048/00484439.pdf

Comhairle air Foghlam Gàidhlig

<https://education.gov.scot/improvement/Pages/gael3-advice-on-gaelic-education.aspx>

Stòras measaidh

<https://education.gov.scot/improvement/curriculum-for-excellence-benchmarks>

Measadh Càileachd ann am Foghlam Tràth agus Cùram

www.researchgate.net/publication/272349364_Assessing_Quality_in_early_Childhood_Education_and_Care_Sustained_shared_thinking_and_emotional_well-being_SSTEW_for_2-5_year-olds_provision

Dàimhean nas fheàrr, ionnsachadh nas fheàrr, giùlan nas fheàrr

www.gov.scot/Publications/2013/03/7388

Togail an Amais: Stiùireadh Cleachdaidh Nàiseanta air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne

www.gov.scot/Publications/2014/08/6262/0

Togail sreath a' Churraicealaim

[https://www.education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-\(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5\)/Building%20the%20Curriculum](https://www.education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5)/Building%20the%20Curriculum)

Caidreachas Cùraim is Ionnsachaidh

www.careandlearningalliance.co.uk/

Coimisean a' Chùraim

www.careinspectorate.com

Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd

<https://education.gov.scot/improvement/gael10-early-years-gme>

Stiùireadh Reachdail Tràth-Ionnsachaidh is Cùram-chloinne Achd Chloinne is Dhaoine Òga (Alba) 2014

www.gov.scot/Resource/0045/00457025.pdf

Fiosrachadh 11 Curraicealam airson Sàr-mhathais

<https://www.education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-11.pdf>

Fiosrachadh 12 Curraicealam airson Sàr-mhathais

<https://www.education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-12.pdf>

Frèam-obrach Tràth-Bhliadhnaichean

www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/257007/0076309.pdf

Tràth-Bhliadhnaichean

Alba

<https://earlyyearsscotland.org/>

Coimisean na h-Eòrpa, *Conaltradh Coimisean na h-Eòrpa: Foghlam is Cùram Tràth-Leanabachd: Solarachadh ar cloinne uile leis an toiseach as fheàrr airson saoghal an latha a-màireach*, 2011

<http://eur-lex.europa.eu/legal-content/EN/ALL/?uri=CELEX:52011DC0066>

Achd an Fhoghlaim (Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh) (Alba) 2009
www.legislation.gov.uk/asp/2009/7/contents

Foghlam Ag Obair Do Na h-Uile! Aithisg Dheireannach Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba
www.gov.scot/Topics/Education/edandtrainingforyoungple/commissiondevelopingscotlandsyoungworkfor_ce/finalreport

Conaltradh le Teaghlaichean
engagingwithfamilies.co.uk

Achd Co-ionannachd
2010
www.legislation.gov.uk/ukpga/2010/15/contents

Fàs Suas ann an Alba: Foillseachaidhean
growingupinScotland.org.uk/publications

Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba
www.gtcs.org.uk/home/home.aspx

Slàinte agus sunnd – Togail cheanglaichean ... ga chur an gnìomh
<https://education.gov.scot/improvement/hwb30-making-links>

Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (An Ceathramh eagan)
<https://education.gov.scot/improvement/frwk2hgios>

Dè cho math 's a tha ar buidheann treas earrainn? (HGIOTSO)
<https://education.gov.scot/improvement/frwk3hgiiothirdsector>

Dè cho math 's a tha ar n-ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd? (2)
<https://education.gov.scot/improvement/Pages/frwk4hgiocommunitylearning.aspx>

Dè cho math 's a tha ar cultar agus spòrs?
<https://education.gov.scot/improvement/Pages/frwk13-hgiocultureandsport2.aspx>

Ionnsachadh airson Seasmhachd an taobh a-staigh ar n-inbhean
www.GTCS.org.uk/standards/learning-for-sustainability.aspx

Bun-tomhasan Cùraim Nàiseanta na h-Alba
www.gov.scot/resource/doc/37432/0010250.pdf

Comann nan Sgoiltean-àraich Nàiseanta (Alba)
www.ndna.org.uk/NDNA/All_About_Us/Scotland.aspx

Ro-innleachd Pàrantachd Nàiseanta
www.scotland.gov.uk/Resource/0040/00403769.pdf

Stiùireadh Nàiseanta airson Dion Chloinne ann an Alba (2014)
www.gov.scot/Publications/2014/05/3052/downloads

Stiùireadh Nàiseanta air Lèirmheas is Leasachadh Proifeiseanta (2014)
<https://www.education.gov.scot/Documents/PRDJan14.pdf>

OECD Tòiseachadh Làidir III – Inneal Càileachd airson Foghlam is Cùram Tràth-Leanabachd
www.oecd.org/edu/school/startingstrongiii-aqualitytoolboxforearlychildhoodeducationandcare.htm

Pàrantan mar Chom-pàirtichean ann an Ionnsachadh an Cloinne
www.gov.scot/Resource/Doc/147410/0038822.pdf

Feallsanachd Teagaisg: An Com-pàirtiche Sàmhach ann an Ionnsachadh Tràth-Bhliadhnaichean
academic.research.microsoft.com/Paper/5054704.aspx

Ro-bhreith gu Tri, Builean deimhinneach do chlann agus teaghlaichean
<https://education.gov.scot/improvement/Pages/elc2prebirthtothree.aspx>

Adhartachadh Iomadachd is Co-ionannachd: Leasachadh Saoranaich Earbsach do dh'Alba san 21^{mh} Linn
<https://www.education.gov.scot/who-we-are/policies-and-information/Equality%20and%20diversity>

Aithneachadh agus Tuigsinn Còraichean Chloinne
<https://www.education.gov.scot/what-we-do/Embedding%20inclusion,%20equity%20and%20empowerment>

Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba
<https://www.education.gov.scot/what-we-do/delivering-the-scottish-attainment-challenge/About%20the%20Scottish%20Attainment%20Challenge>

Prògram Slàinte Chloinne Alba: Stiùireadh air lèirmheas 27-30 mìos slàinte chloinne
www.gov.scot/Publications/2012/12/1478

Comann Frithealaidh Chloinne Alba
www.childminding.org/

Comhairle Bhuidhnean Saor-thoileach na h-Alba
www.scvo.org.uk/

Colaiste Ceannardais Oideachail na h-Alba (SCEL)
www.scelscotland.org.uk

Lìonra Cùraim Taobh a-Muigh na Sgoile Alba
<https://sosc.org/>

Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba
www.sssc.uk.com

Deasachadh a' Bhùird: Stiùireadh Beathachail is Inbhean
www.healthscotland.com/documents/21130.aspx

Cruth-atharrachadh beatha tro ionnsachadh: Plana Corporra 2013-2016
www.educationscotland.gov.uk/about/remitanframework/corporateplan.asp

Gnìomh Saor-thoileach na h-Alba: Lorg an Eadar-aghaidh Treas Earrainn agad
www.vascotland.org/tsis/find-your-tsj

Sunnd (GIRFEC)
www.gov.scot/Topics/People/Young-People/gettingitright

Cunradh NA air Còraichean Chloinne
www.unicef.org.uk/UNICEFs-Work/UN-Convention/

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirc Gnothachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhùn Lèibhe

EH54 6GA

T +44 (0)131 244 3000

E enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot.uk

